



COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

PLANA GÀIDHLIG

2007-2011

**Plana airson na Gàidhlig a rèir earrann 3
de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005**

| CLÀR-INNSE | |
|---|-----------|
| Geàrr-chunntas | 1 |
| Co-theacsa | 7 |
| Achd na Gàidhlig (Alba) | 9 |
| An t-ùghdarras agus a sgìre obrachaidh | 10 |
| A' Ghàidhlig ann an Comhairle na Gàidhealtachd | 11 |
| Bun-dhleastanasan | 13 |
| Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle | 15 |
| Stiùireadh air a' Ghàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle | 21 |
| Cuideachadh le cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh | 23 |
| Prionnsabail planadh cànan | 25 |
| Gàidhlig san dachaigh | 26 |
| Foghlam Gàidhlig | 28 |
| Gàidhlig sa Choimhearsnachd | 35 |
| Structar Taice | 41 |
| Taic airson leasachadh | 43 |
| Sgrùdadh cur-an-gnìomh a' Phlana | 46 |
| Neach-ionaid na Comhairle | 46 |
| Beag-fhaclair agus Giorrachaidhean | 47 |

**PLANA GÀIDHLIG
COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD
2007-2011**

GEÀRR-CHUNNTAS

GEÀRR-CHUNNTAS

Ro-ràdh

Tha Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a' dol le Plana Nàiseanta na Gàidhlig a dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig ann an 2007. Bidh a' Chomhairle a' co-obrachadh ri Bòrd na Gàidhlig gus a chur an gnìomh.

Tha am Plana stèidhte air co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla. 'S e bun-phrionnsabal a' Phlana gum bi a' Ghàidhlig na pàirt 'àbhaisteach' de dhòigh-beatha na Gàidhealtachd, agus, mar sin, gum bithear mothachail oirre nuair a thathar a' planadh agus a' cur an gnìomh obair na Comhairle.

Tha am Plana a' cur an cèill prògram leasachaidh cheithir bliadhna. Sa gheàrr-chunntas a leanas, tha iomairtean ùra air an comharrachadh le rionnaig gus sgaradh a dhèanamh eadar iad agus iomairtean a tha a' dol an-dràsta: cumaidh iad sin a' dol mar a tha iad no thèid an leudachadh agus an leasachadh.

Bun-dhleastanasan: Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle

Bheir a' Chomhairle cothrom dhan phoball seirbheisean fhaotainn sa Ghàidhlig tro na rudan a leanas

- o sgrùdadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an lìbhrigeadh sheirbheisean, agus plana leasachaidh*
- o freagairt sa Ghàidhlig do litrichean agus fiosan eile sa chànan sin, taobh a-staigh an ama àbhaistich
- o aithisgean, sgrìobhainnean agus foirmean dà-chànanach
- o cothrom a bhith aig daoine bruidhinn sa Ghàidhlig ri luchd-obrach na Comhairle ma ghabhas
- o neach-obrach le Gàidhlig a bhith air fhastadh ann an Ionad Sheirbheisean na Comhairle*
- o sgeama bhaidisichean gus an aithnichear luchd-obrach a dhèiligeas ri ceistean ann an Gàidhlig*
- o measadh air buaidh gach iomairt ùir air a' Ghàidhlig
- o foillseachadh gu bheil na seirbheisean sin rim faotainn sa Ghàidhlig.

Bun-dhleastanasan: Mothachadh mun Ghàidhlig

Nì a' Chomhairle daoine mothachail mun Ghàidhlig is cruthaichidh i deagh-ghean dhi, tro

- o bhith cur follaiseachadh na Gàidhlig air stèidh nas cunbhalaiche*
- o taic do Bhòrd na Gàidhlig le margaidheachd, ag amas air mothachadh a thogail mun Ghàidhlig*
- o cleachdadh na Gàidhlig, leis a' Bheurla, air soidhnichean, sgrìobhainnean agus suaicheantasan
- o togail iomhaigh na Gàidhlig le i bhith air a labhairt ann an suidheachaidhean poblach
- o brosnachadh, còmhla ri feadhainn eile, tachartasan sa choimhearsnachd ag amas air mothachadh mun Ghàidhlig a thogail, is a bhith a' toirt a-steach na Gàidhlig ann an tachartasan coitcheann
- o cur ri na tha de Ghàidhlig air làrach-lìn is eadra-lìon na Comhairle
- o stèidheachadh ionad dà-chànanach air làrach-lìn na Comhairle*.

Bun-dhleastanasan: Luchd-obrach

Gus na tha seo uile a chur an gnìomh, cruthaichidh a' Chomhairle sgioba de luchd-obrach le Gàidhlig tro

- o poileasaidh fastaidh ag aithneachadh na Gàidhlig mar sgìl-obrach ann an raointean sònraichte*
- o deasachadh cùrsa barantaichte ann an Gàidhlig do luchd-obrach nan seirbheisean poblach*
- o cothrom do luchd-obrach a' Ghàidhlig ionnsachadh le sùil ri bhith ga cleachdadh nan obair, agus fileantaich a bhith a' leasachadh an eòlais a tha aca air litreachadh is gràmar na Gàidhlig
- o deasachadh chùrsaichean inntrigidh luchd-obrach a tha a' toirt fiosrachadh mun Ghàidhlig.

Cuideachadh le cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh: Gàidhlig san Dachaigh

Tha dachaigh agus teaghlach air leth cudromach airson ginealaich ùr a thogail le Gàidhlig agus gus obair nan sgoiltean a dhainneachadh. Brosnaichear pàrantan gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh le

- o bhith ag obair le Bòrd na Gàidhlig gus mothachadh a thogail mun chuspair seo
- o bhith toirt comhairle do phàrantan tro choinneamhan, bùthan-obrach agus tadhal dhachannan
- o taic phractaigeach, mar clasaichean Gàidhlig agus seirbheis iasaid stuthan
- o coiteachadh airson barrachd stòrasan is sheirbheisean a bheir taic dhan Ghàidhlig san dachaigh
- o feuchainn ri bhith cinnteach gu bheil luchd-libhrigidh sheirbheisean teaghlaich a' toirt fa-near feumalachdan theaghlaichean airson seirbheisean sa Ghàidhlig, gu h-àraidh Seirbheis na Slàinte
- o a' cur dara co-labhairt air dòigh mu Ghàidhlig san dachaigh*
- o a' cumail ceanglaichean ris an òigridh a thàinig tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Cuideachadh le cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh: Foghlam Gàidhlig

Leanaidh Comhairle na Gàidhealtachd a' tabhann roghainn chothroman air a' Ghàidhlig ionnsachadh is air eòlas a chur air cultar na Gàidhlig ann an sgoiltean agus ionadan foghlaim agus ann am foghlam inbheach, adhartach agus àrd-ìre. Leudaichidh i air seo mar a bhios iarrtas air agus cuiridh i teagasg a' chànain air adhart an dàimh ri eòlas air cultar farsaing na Gàidhlig. Nì i seo tro cho-obrachadh ri Bòrd na Gàidhlig gus Ro-innleachd Nàiseanta air Foghlam Gàidhlig a chur an gnìomh a rèir a' chlàr-ama aice. Gu h-àraidh

- o bidh prìomh àite aig a' Chomhairle ann an raon foghlaim ro-sgoile agus cùraim-chloinne Gàidhlig
- o nithear sgrùdadh agus plana-gnìomh airson seirbheis 0-3 Gàidhlig agus cùram-chloinne fad-latha*
- o bheirear barrachd cothrom do phàrantan agus clann a' Ghàidhlig ionnsachadh còmhla
- o dèiligear le deagh-rùn ri iarrtas phàrantan airson foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig
- o brosnachar foghlam tron Ghàidhlig anns na sgìrean sa bheil e an-dràsta agus ann an sgìrean ùra*
- o stèidhichear sgoiltean Gàidhlig nuair a dh'èireas an cothrom sin a dhèanamh*
- o leasaichear Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis mar fhòcas airson na Gàidhlig an Inbhir Nis, mar dheagh eisimpleir air foghlam tron Ghàidhlig agus airson feuchainn a-mach dhòighean ùra *

- bidh post ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis gus dàimh a dhèanamh ris a' choimhearsnachd*
- stèidhichear Buidheann-obrach Àrd-sgoile airson àireamh chuspairean tron Ghàidhlig a chur am meud, foghlam luchd-ionnsachaidh a leudachadh is eòlas air a' Ghàidhlig a thoirt do gach sgoileir*
- leudaichear foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil gu còig cuspairean anns gach sgoil*
- nithear sgrùdadh agus plana gus 'Gàidhlig luchd-ionnsachaidh sa bhun-sgoil' (GLPS) a leudachadh
- gheibh a h-uile sgoilear sa Ghàidhealtachd eòlas air a' Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig*
- cruthaichear àrainn dhà-chànanach anns gach sgoil le roinnean-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig
- nithear sgrùdadh air curaicealaim foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gus tomhas a dhèanamh air na tha e a' gabhail a-steach dhen dualchas, le sùil ri beàrnan a chomharrachadh agus a lionadh*
- stèidhichear clasaichean Gàidhlig co-òrdanaichte is leanailteach do inbhich ann an sgìrean ùra*
- cuirear air dòigh buidhnean gnìomh/còmhradh do luchd-ionnsachaidh inbheach ann an sgìrean ùra
- cuirear air dòigh oideachadh litearra is gràmair do dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig*
- obraichear còmhla ri buidhnean eile gus àireamh luchd-teagaisg le Gàidhlig a chur am meud
- cumaidh a' Chomhairle suas agus leudaichidh i a seirbheis stuth-teagaisg Ghàidhlig fhèin
- nithear sgrùdadh air solar Ghàidhlig anns na leabharlann agus ullaichear plana leasachaidh*
- cuidichear cuairtean ionadail/eadar-nàiseanta don òigridh, luchd-ionnsachaidh agus teaghlaichean agus cruinnichidhean òigridh*
- cumar coinneamhan gu cunbhalach air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig do luchd-obrach foghlaim, agus co-labhairtean eile air pàirtean eile de raon leasachaidh na Gàidhlig*.

Cuideachadh le cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh: Gàidhlig sa Choimhearsnachd

Meudaichidh a' Chomhairle cothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh sa choimhearsnachdan le bhith

- cuideachadh le buidhnean-taice Gàidhlig a stèidheachadh aig ìre ionadail*
- brosnachadh bhuidhnean mar sin gu bhith a' dèanamh phlanaichean leasachaidh dhan Ghàidhlig*
- cuideachadh nam buidhnean ionadail gus goireasan no ionadan a chruthachadh a bheir cothrom do dhaoine coinneachadh agus a bhith ri cur-seachadan sòisealta sa Ghàidhlig*.

Amaisidh a' Chomhairle gum bi na cur-seachadan a tha i a' ruith ann an sgìrean le foghlam tron Ghàidhlig, no le dualchas Gàidhlig, a' gabhail a-steach roghainnean sa Ghàidhlig. Bidh prògram sònraichte ann de chur-seachadan sa Ghàidhlig do sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig. Tro Phrògram Cho-òrdanaichean nan Sgoiltean Gnìomhach, trèanaidh i coidsichean le Gàidhlig agus ruithidh i spòrs tron Ghàidhlig*.

Brosnaichear daoine gus compàirt a bhith aca ann an dualchas agus ealain na Gàidhlig le bhith

- deasachadh, le Bòrd na Gàidhlig, ro-innleachd nàiseanta airson cultar is ealain na Gàidhlig*
- cur taic ri tachartasan cultarach Gàidhlig agus na buidhnean a tha gan cur air adhart

- leudachadh air na tha de Ghàidhlig ann am fèisean mar Blas
- co-luadar ri luchd-stiùiridh nam mòdan ionadail gus na mòdan a dhèanamh nas tarraingiche*
- leantainn le aonta leis a' Chomunn Ghàidhealach gus aoidheachd a thoirt dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail air a' Ghàidhealtachd a h-uile trì bliadhna
- dèanamh òigridh ann an sgoiltean is ann am buidhnean mothachail mu chultar na Gàidhlig
- ruith pròiseact pìleat ann an sgoiltean gus sgilean ioma-mheadhan a theagasg ann an Gàidhlig*
- ruith, le feadhainn eile, bùthan-obrach air sgrìobhadh cruthachail gus tàlant ùr a thoirt air adhart
- cur shoidhnichean anns gach Leabharlann sa Ghàidhealtachd mu stuthan Gàidhlig*
- gabhail pàirt le ro-innleachd gus foillseachadh leabhar agus mheadhan Gàidhlig a leasachadh*.

Nì a' Chomhairle muinntir na Gàidhealtachd is luchd-tadhail mothachail air dualchas na Gàidhlig tro

- bhith brosnachadh dualchas Gàidhlig na Gàidhealtachd tro Sheirbheis nan Taighean-tasgaidh
- bhith cleachdadh na Gàidhlig barrachd ann an taighean-tasgaidh na Gàidhealtachd uile
- Co-òrdanaichean Cultair a bhith a' ruith phròiseactan gu cunbhalach dhan òigridh mun dualchas*
- bhith leudachadh air na tha de Ghàidhlig air an làraich-lìn, Am Baile
- bhith ruith phròiseactan a tha dèanamh feum de eòlas eachdraidheil an luchd-labhairt as sine*
- bhith deasachadh pac-teagaisg air dualchas na Gàidhealtachd do sgoiltean agus buidhnean òigridh*
- bhith brosnachadh bhuidhnean eile gus tuigse a thoirt do dhaoine air àite na Gàidhlig ann an cultar agus dualchas na Gàidhealtachd an dàimh ri iomairtean àrainneachd no eachdraidh.

Structar Taice: Taic airson leasachadh

Cuiridh a' Chomhairle structar làidir air chois, le Comataidh Ghàidhlig agus Sgioba Leasachaidh Gàidhlig, a bhios comasach air taic a thoirt do leasachaidhean a' Phlana, an dà chuid gu gnìomhach agus gu poilitigeach. Gabhaidh seo a-steach a bhith

- a' deasachadh Plana Gàidhlig a h-uile ceithir bliadhna
- ro-innleachd airson cur an gnìomh a' phlana a tha a' bualadh air gach seirbheis dhen Chomhairle*
- ag ainmeachadh na Comataidh Ghàidhlig gu bhith a' stiùireadh poileasaidh is planadh na Gàidhlig, le Stiùiriche an Fhoghlaim, Cultar is Spòrs a' gabhail a' phrìomh uallach airson na Gàidhlig*
- a' stèidheachadh Sgioba Gàidhlig, fo Mhanaidsear Leasachaidh na Gàidhlig*
- a' stèidheachadh Buidheann Ro-innleachd a' Phlana Ghàidhlig le riochdairean o gach Seirbheis*
- a' co-obrachadh le, agus a' brosnachadh, buidhnean eile ague bhith coileanadh amasan a' Phlana
- cuir air dòigh rannsachadh gus am bi co-dhùnaidhean a thaobh cur-an-gnìomh a' Phlana stèidhte air fiosrachadh agus comhairle earbsach.

**PLANA GÀIDHLIG
COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD
2007-2011**

CO-THEACSA

ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA)

Ghabh a' Phàrlamaid Albannach ann an 2005 ri Achd na Gàidhlig (Alba). Tha trì prìomh earrainnean eadar-cheangailte san Achd

- stèidheachadh buidheann reachdail airson na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig
- cur ìmpidh air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta Gàidhlig a dheasachadh
- toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig òrdugh reachdail a thoirt do bhuidheann phoblach sam bith an Alba a' cur ìmpidh orra Plana Gàidhlig a dheasachadh a nochdas mar a chleachdar a' Ghàidhlig san obair aca.

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh mar Bhuidheann Poblach Neo-roinneil tràth ann an 2006 agus dh'fhoillsich e Plana Nàiseanta na Gàidhlig (a' gabhail a-steach Roinnleachd Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig) an ath bhliadhna. 'S e amas a' Phlana Nàiseanta lèirsinn a' Bhùird a chur an gnìomh 'gum bi cànan beòthail fallain againn a tha a' dol am meud is le meas am measg gach cànan is cultar ann an Alba an latha an-diugh'.

B' e Comhairle na Gàidhealtachd aon de na sia ùghdarrasan poblach dhan tug Bòrd na Gàidhlig òrdugh reachdail airson Plana Gàidhlig fhoillseachadh, taobh a-staigh chrìochan Plana Nàiseanta 2007. Ann a bhith a' cur a Plana còmhla, bha a' Chomhairle mothachail air a' Phlana Nàiseanta agus air an sgrìobhainn, 'Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig' a dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig san Iuchar 2007.

Tha an Stiùireadh a' toirt comhairle air leasachadh agus cruth Plana Gàidhlig. A thaobh susbaint, mar eisimpleir, tha e a' toirt eisimpleirean de 'bhun-dhleastanasan' a bu chòir a bhith ann am Plana agus dòighean sam faod ùghdarras 'cuideachadh le bhith a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh'. Cuideachd, tha Plana na Comhairle a' gabhail ri na prionnsabalan planadh cànan ann an earrann 3 dhen Phlana Nàiseanta. Is e sin togail cànan, cleachdadh cànan, inbhe cànan agus corpas cànan cho math ri na 'cùisean reachdail' eile ann an earrann 4 dhen Stiùireadh, is e sin gum bu chòir do 'ùghdarrasan poblach ... na Planaichean Gàidhlig aca ullachadh leis an amas gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh uiread 's a ghabhas'. Feumaidh iad cuideachd 'aire a thoirt do iarrtasan sam bith a thig thuca a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig'.

* * * *

Tha Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a' cur an gnìomh a' phrìomh phrionnsabal ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig gum 'bu chòir an aon mheas a bhith air a' Ghàidhlig agus a' Bheurla'. Tha e na amas aig a' Phlana gur e rud 'àbhaisteach' a bhios sa chànan san t-seadh gum bithear mothachail oirre anns gach roinn de obair na Comhairle agus gum faicear i fhèin agus a dualchas mar phàirt bhunaiteach de bheatha na Gàidhealtachd

AN T-ÙGH DARRAS AGUS A SGÌRE OBRACHAIDH

Comhairle na Gàidhealtachd

'S e Comhairle na Gàidhealtachd aon de 32 ùghdarrasan ionadail na h-Alba. Tha i a' frithealadh 215,000 neach 's a' còmhachadh 26,484 cil. ceàrnagach. Tha 80 Ball an urra ri buidseat £518 millean. Tha 14 uàrdan ann le ceathrar Bhall agus 8 le triùir agus 3 Sgìrean: Gallaibh, Cataibh is Taobh Sear Rois; Ros, An t-Eilean Sgitheanach is Loch Abar; Inbhir Nis, Inbhir Narann, Bàideanach is Srath Spè; agus Comataidh Cathair-bhaile Inbhir Nis.

Is iad Comataidhean Ro-innleachdail na Comhairle: Sgrùdadh is Inbhe; Foghlam, Cultar agus Spòrs; Gàidhlig; Taigheadas agus Obair Shòisealta; Dealbhachadh, Àrainneachd is Leasachadh; Stòrasan; agus Seirbheisean Còmhdhail, Àrainneachd agus Coimhearsnachd. Tha 12,800 luchd-obrach aig a' Chomhairle sna seirbheisean seo: Oifis an Àrd-Cheannard; Foghlam, Cultar agus Spòrs; Ionmhas; Taigheadas agus Seilbh; Dealbhachadh agus Leasachadh; Obair Shòisealta; Còmhdhail, Àrainneachd agus Coimhearsnachd.

A' Ghàidhlig air a' Ghàidhealtachd

Bha a' Ghàidhlig uair air a bruidhinn air feadh na Gàidhealtachd. Tha ainmean-àitean nam fianais air an sin chun an latha an-diugh. Bha, agus tha, dualchas na Gàidhlig cudromach a thaobh fèin-ìomhaigh shònraichte na sgìre.

Bha Gàidhlig aig 12,670 duine sa Ghàidhealtachd aig àm cunntas-sluaigh 2001, no 6% dhen t-sluagh gu lèir (208,914). Bha seo a' gabhail a-steach còrr is 4,000 san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse, trian de shluagh na sgìre sin. Bha grunnan cuideachd ann am bailtean mar Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain is An Gearasdan agus ann an coimhearsnachdan air an taobh an iar. Tha ùidh a' nochdadh às ùr cuideachd ann an sgìrean far nach robh an dualchas cho làidir o chionn greise, mar taobh sear Rois is Gallaibh. Air sgàth sin, tha molaidhean a' Phlana a' bualadh air a' Chomhairle gu lèir.

Tha a' Ghàidhlig air obraichean a chruthachadh sa Ghàidhealtachd o chionn grunn bhliadhnaichean, gu h-àraidh ann am foghlam, craoladh agus leasachadh. Tha mòran a' gabhail ùidh ann an ceòl is òrain na Gàidhlig agus tha sin a' toirt piseach air cultar na Gàidhealtachd agus a' dèanamh na sgìre tarraingeach do luchd-tadhail.

Tha a' Ghàidhlig bunaiteach dhan Ghàidhealtachd: tha coimhearsnachdan air feadh na sgìre far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn; tha barrachd is barrachd dhaoine a' nochdadh ùidh innte; tha mòran ga h-ionnsachadh no a tha airson gun ionnsaich a' chlann aca i. Tha sin uile a' sealltainn mar a tha an cànan, a bha daoine a' smaoinichadh a bha aig uchd bàis, ag ath-bheothachadh air a' Ghàidhealtachd. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail ris an uallaich a tha oirre gus cuideachadh le gleidheadh na cuid phrìseil seo de dhualchas na h-Alba agus tha sin air a chur an cèill sa Phlana seo.

A' GHÀIDHLIG ANN AN COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

An suidheachadh aig an àm seo

Sna bliadhnaichean a chaidh seachad, tha Comhairle na Gàidhealtachd air cuideam a chur air foghlam, gu h-àraidh foghlam tron Ghàidhlig, gu bhith a' brosnachadh na Gàidhlig.

Tha prìomh àite air a bhith aig Comhairle na Gàidhealtachd ann an leasachadh foghlam tron Ghàidhlig gu nàiseanta. Aig an àm seo tha mu 1,500 sgoilear ann am 20 sgìre sa Ghàidhealtachd, aig ìre ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ag ath-bheothachadh Gàidhlig am measg òigridh. Dh'fhosgail a' chiad Sgoil Ghàidhlig a thogadh a dh'aon ghnòthaich ann an Inbhir Nis ann an 2007.

Cuideachd, tha mu 2,000 sgoilear ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chuspair, an dà chuid sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil. Tha 40 bun-sgoil agus 12 àrd-sgoil an sàs agus tha a' Chomhairle cuideachd air cùrsa Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh a chur air loidhne a tha a' toirt cothrom air a' Ghàidhlig ionnsachadh do sgoilearan anns na sgoiltean eile.

Tha a' Chomhairle cuideachd air grunn iomairtean a chur air adhart gus taic a thoirt don Ghàidhlig sa choimhearsnachd agus san dachaigh, a' tarraing na cùis seo gu aire dhaoine, mar eisimpleir, tro Chòmhdhail san t-Sultain 2005. An dèidh na còmhdhail, chaidh rannsachadh a dhèanamh air Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd agus bidh na h-aithisgean sin nan stèidh air barrachd leasachaidh sna raointean seo ri linn a' Phlana.

Tha luchd-obrach Ionnsachadh agus Cur-seachadan Coimhearsnachd na Comhairle a' lìbhrigeadh prògram taic san dachaigh agus sa choimhearsnachd tro chlasaichean is bhùthan-obrach phàrantan agus tro chur-seachadan taobh a-muigh na sgoile do sgoilearan.

Cumar a' dol le program foghlam Gàidhlig na Comhairle agus thèid a dhaingneachadh agus a leudachadh rè àm a' Phlana.

Ach, ged a tha am prìomh chuideam air a bhith air cruthachadh luchd-labhairt ùr tro fhoghlam agus brosnachadh phàrantan gus bruidhinn na Gàidhlig san teaghlach, tha a' Chomhairle a' feuchainn cuideachd ris a' Ghàidhlig a neartachadh na seirbheisean eile.

Tha seo a' ciallachadh a bhith a' dèanamh dhaoine mothachail air a' Ghàidhlig le bhith ga cleachdadh, còmhla ris a' Bheurla, air soidhnichean a-muigh is a-staigh, soidhnichean rathaid, sgrìobhainnean oifigeil, cinn-litrichean is suaicheantasan agus ann am fiosan-naidheachd, follaiseachd agus sanasachd, fiosan oifigeil agus air làrach-lìn na Comhairle.

Tha duine sam bith a sgrìobhas a-steach sa Ghàidhlig a' faighinn freagairt sa Ghàidhlig agus tha cuid de fhoirmean rim faotainn sa Ghàidhlig no ann an riochd dà-chànanach.

Chan eil a' Ghàidhlig ga cleachdadh gu ìre mhòr sam bith ann a bhith toirt seachad fiosrachadh poblach, freagairt fònaichean, ann an ionadan fàilteachais is oifisean no ann an libhrigeadh sheirbheisean na Comhairle uile. Tha cothroman ionnsachaidh ann ach, san fharsaingeachd, ge-tà, chan eil an raon seo air bhunait shlàn no chunbhalach fhathast.

Tha prìomh àite air a bhith aig a' Chomhairle ann am brosnachadh nan ealan Ghàidhlig, tro bhith toirt taic do leithid Blas, fèisean agus mòdan agus na buidhnean a tha an sàs annta agus tro phròiseactan ealain air am maoineachadh le diofar bhuidheann, mar Caidreachas Sgrìobhaidh Iain Mhic a' Ghobhainn agus Caidreachas Òrain Màiri Mhòir.

Chaidh gu math le coiteachadh na Comhairle air cùisean mar inbhe phoilitigeach dhan Ghàidhlig, craoladh Gàidhlig agus soidhnichean dà-chànanach. Chaidh aice grunn thursan air buaidh a thoirt air buidhnean com-pàirt agus buidhnean poblach is prìobhaideach sa Ghàidhealtachd a thaobh an deiligidh ris a' Ghàidhlig.

Tha grunn dhreuchdan aig a' Chomhairle airson leasachadh na Gàidhlig, nam measg: Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, Oifigear Foghlaim Gàidhlig, Neach-taic Stuth-teagaisg, Neach-taic Rianachd, luchd-obrach Ionnsachadh agus Cur-seachad, Coimhearsnachd, Sgioba 'Am Baile', Caidreachas Màiri Mhòr, agus tidsearan is luchd-taic-sgoile.

Tha a' Chomhairle a' cosg mu £2.7 millean sa bhliadhna air a' Ghàidhlig, le taic o leithid Riaghaltais na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig.

An t-slighe air adhart

Cumaidh mòran de na nithean gu h-àrd a' dol mar a tha iad an-dràsta ach leudaichear air cuid no thèid an atharrachadh agus an cur air stèidh nas cunbhalach rè àm a' Phlana.

Tha iomradh air grunnan iomairtean ùra sa Phlana cuideachd. Sa Gheàrr-Chunntas, a tha a' tighinn ron Phlana fhèin, tha iomairtean ùra air an comharrachadh le rionnaig airson sgaradh a dhèanamh eadar an fheadhainn ùra agus feadhainn a tha a' dol an-dràsta agus a chumas a' dol no a thèid a leasachadh. Tha barrachd fiosrachaidh mu na h-iomairtean uile anns na h-earrainnean iomchaidh sa chòrr dhen Phlana.

**PLANA GÀIDHLIG
COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD
2007-2011**

BUN-DHLEASTANASAN

| CEANGLAICHEAN EADAR PLANA CHOMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD AGUS AN ROINN AIR ‘BUN-DHLEASTANASAN’ DEN STIÙIREADH AIR DEASACHADH PHLANAICHEAN GÀIDHLIG | |
|--|---|
| BUN-DHLEASTANASAN | Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd |
| Aithne | |
| aithne chorporra | Bun-dhleastanasan: Seirbheisean na Comhairle |
| soidhnichean | Bun-dhleastanasan: Mothachadh mun Ghàidhlig |
| Conaltradh | |
| fàilteachas | Bun-dhleastanasan: Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle |
| fòn | |
| post agus post-dealain | |
| foirmean | |
| coinneamhan poblach | |
| modh gearain | |
| Foillseachaidhean | |
| dàimh phoblach agus na meadhanan | Bun-dhleastanasan: Mothachadh mun Ghàidhlig |
| stuth clò-bhuailte | Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle |
| làrach-lìn | Bun-dhleastanasan: Mothachadh mun Ghàidhlig |
| taisbeanaidhean | |
| Luchd-obrach | |
| trèanadh | Bun-dhleastanasan: Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle |
| ionnsachadh cànan | |
| fastadh | |
| sanasachd | |

GÀIDHLIG ANN AN SEIRBHEISEAN NA COMHAIRLE

Ro-ràdh

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig ag ràdh, fon cheann ‘Bun-dhleastanasan ann am Plana Gàidhlig’, gum bu chòir do phlanaichean cur an cèill ‘mar a chleachdas ùghdarras a’ Ghàidhlig ann an obrachadh na buidhne, mar suaicheantais, conaltradh, foillseachadh agus fastadh luchd-obrach agus mar a bhios a’ Ghàidhlig air a cleachdadh sna seirbheisean a tha an t-ùghdarras a’ toirt seachad. Tha an earrann seo den Phlana a’ cur an cèill molaidhean fon cheann seo.

A’ faotainn sheirbheisean sa Ghàidhlig

Tha e na phàirt chudromach de dhèanamh na Gàidhlig ‘àbhaisteach’ gun urrainn daoine seirbheisean fhaotainn sa Ghàidhlig mas e sin an toil. Tha am Plana a’ nochdadh mar a tha a’ Chomhairle an dùil togail air na tha i a’ dèanamh an-dràsta gus seo a choileanadh.

Gu sònraichte

- gheibh daoine freagairt ann an Gàidhlig ma sgrìobhas iad ann an Gàidhlig, an taobh-a-staigh dhen ùine àbhaisteach
- nithear aithisgean, sgrìobhainnean agus foirmean dà-chànanach (faic an earrann gu h-ìosal, ‘Stiùireadh air a’ Ghàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle’)
- nithear gach dìcheall gus cothrom a thoirt do dhaoine bruidhinn ri luchd-obrach na Comhairle ann an Gàidhlig nuair a tha iad a’ sireadh sheirbheisean na Comhairle
- measar leasachaidhean ùra a rèir na buaidh a dh’fhaodadh a bhith aca air a’ Ghàidhlig agus an comas air a’ Ghàidhlig a neartachadh, agus bidh am prionnsabal seo air a nochdadh ann am planadh thairis air seirbheisean na Comhairle uile
- bheirear gu aire dhaoine gu bheil na seirbheisean seo rim faotainn sa Ghàidhlig.

Gus am poileasaidh seo a thoirt gu buil gu cunbhalach, nì a’ Chomhairle, tràth ann am beatha a’ Phlana, mion-sgrùdadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle agus a comas gus seo a leasachadh agus deasaichidh i plana airson leudachadh.

Comharraichidh seo raointean sheirbheisean agus sgìrean far an gabhadh barrachd a dhèanamh tron Ghàidhlig agus nì a’ Chomhairle plana-gnìomh mionaideach airson seo. Gabhaidh an sgrùdadh a-steach gach seirbheis, i.e.: Foghlam, Cultar is Spòrs, Taigheadas agus Seilbh, Dealbhachadh agus Leasachadh, Obair Shòisealta, agus Còmhdhail, Àrainneachd agus Seirbheisean Coimhearsnachd.

Mothachadh mun Ghàidhlig

Tha a' Chomhairle a' gabhail ris cho cudromach is a tha e am mòr-shluagh a bhith mothachail mun Ghàidhlig agus faireachadh fàbharach a bhith aca dha taobh, ma tha leasachadh dol a ghabhail àite, agus amaisidh i air seo le

- ro-innleachd margaidheachd dhan Ghàidhlig, a rèir a' phlana-gnìomh agus am pac-stiùiridh a tha Bòrd na Gàidhlig ri dheasachadh gus 'am mòr-shluagh a dhèanamh mothachail air a' Ghàidhlig' agus 'iomairt follaiseachaidh nàiseanta airson ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig' (Plana Nàiseanta, earrann 4)
- cur na Gàidhlig an cèill le bhith ga cleachdadh gu cunbhalach, leis a' Bheurla, air soidhnichean thogalach is rathaidean, sgrìobhainn oifigeil, cinn litrichean, suaicheantasan, fo-loidhnichean, bàidsichean, carbadan agus ceadan-tadhail
- cleachdadh na Gàidhlig ann am fiosan-naidheachd is sanasachd, fiosan oifigeil, agus làrach-lìn na Comhairle (is a' brosnachadh bhuidhnean eile a thaobh seo)
- togail ìomhaigh na Gàidhlig tro bhith ga labhairt gu poblach agus, far a bheil sin iomchaidh, ga cleachdadh ann an coinneamhan poblach, le eadar-theangachadh
- cur thachartasan air chois gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig agus a' cur fiosrachadh mun Ghàidhlig an cèill tro thachartasan eile, agus a' dèanamh thaisbeanaidhean mun Ghàidhlig san sgìre, le cuideam àraidh air an òigridh
- leudachadh air an àite a tha aig a' Ghàidhlig ann an turasachd, le VisitScotland.

Luchd-obrach

Gus taic a chur ri cleachdadh na Gàidhlig anns na seirbheisean aice, oidhirpichidh a' Chomhairle ri luchd-obrach le Gàidhlig fhastadh agus bheir i brosnachadh agus cothrom dhan luchd-obrach a tha aice cheana a' Ghàidhlig ionnsachadh. Nì i seo le

- poileasaidh fastaidh a dhealbh a tha a' gabhail ris a' Ghàidhlig mar sgil obrach a bharrachd ann an suidheachaidhean iomchaidh
- comharrachadh cuid de phuist mar 'Gàidhlig Riatanach'
- tional sgioba de luchd-obrach le Gàidhlig thairis air seirbheisean na Comhairle
- co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' brosnachadh, agus co-obrachadh le ionadan àrd fhoghlaim is luchd-trèanaidh eile, gus àireamh an luchd-obrach le Gàidhlig a chur am meud anns gach raon

- a' toirt seachad fiosrachadh mu obraichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus a' brosnachadh dhaoine gus beachdachadh air na h-obraichean sin mar dhreuchd, ann an co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig, Careers Scotland agus buidhnean eile.

Cumaidh a' Chomhairle stòr-dàta den luchd-obrach anns gach roinn aig a bheil comas labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh sa Ghàidhlig no aig a bheil ùidh a h-ionnsachadh.

Bheir a' Chomhairle cothrom dhan luchd-obrach aice a' Ghàidhlig aca a leasachadh le

- cothrom air a' chànan ionnsachadh a thoirt do luchd-obrach anns gach seirbheis
- cùrsa bharantaichte Ghàidhlig a dhealbh gu sònraichte do luchd-obrach na Comhairle agus luchd-obrach bhuidhnean eile san roinn phoblaich
- trèanadh, a' gabhail a-steach saorsa car tamaill on obair, a bheir luchd-obrach àraidh gun ìre comais far an urrainn dhaibh an obair a dhèanamh sa Ghàidhlig
- oideachadh ann an sgrìobhadh agus gràmar na Gàidhlig far a bheil feum air
- deasachadh phrògraman airson cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach a chur am meud, a' cleachdadh na stuthan a nì Bòrd na Gàidhlig (Plana Nàiseanta, earrann 4)
- oideachadh ann an Gàidhlig do Bhuill na Comhairle.

Brosnaichidh a' Chomhairle buidhnean poblach, mar eisimpleir ann an slàinte, cùram, àrainneachd agus gnìomhachas, gus cothrom a thoirt dhan luchd-obrach aca a' Ghàidhlig ionnsachadh.

Nì a' Chomhairle a luchd-obrach mothachail mun Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig tro

- fiosrachadh mun Ghàidhlig a bhith sa chùrsa inntrigidh luchd-obrach
- prògram inntrigidh nas mionaidiche mun Ghàidhlig do luchd-obrach rim buin sin
- Gàidhlig anns na roinnean suidhichte de làrach-lìn is eadra-lìn na Comhairle agus ionad dà-chànanach shònraichte le barrachd fiosrachaidh mu chùisean Gàidhlig.

Airson taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle

- thèid aonad a stèidheachadh airson seirbheisean eadar-theangachaidh eadar-bhuidheann a lìbhrigeadh agus nì a' Chomhairle sgrùdadh cunbhalach air a dòigh-obrach an dàimh ris an aithisg a tha Bòrd na Gàidhlig an dùil ullachadh air a' chuspair seo (Plana Nàiseanta, earrann 4)
- siridh i dòighean dha luchd-obrach a' Ghàidhlig a chleachdadh san àite-obrach

- cur taic ri iomairtean nàiseanta, is gu h-àraidh Acadamaidh Cànan Ghàidhlig ma bhios a leithid ann (Plana Gàidhlig, earrann 4), ag amas air cleachdadh cunbhalach a stèidheachadh a thaobh stoidhle, briathrachas agus litreachadh na Gàidhlig.

SEIRBHEISEAN NA COMHAIRLE: RAOINTEAN LEASACHAIDH

Targaidean

Thèid an àireamh sa cheud a tha a' cleachdadh seirbheisean na Comhairle tro mheadhan na Gàidhlig suas 10% rè beatha a' Phlana Ghàidhlig, bho àireamh bun-loidhne stèidhte air sgrùdadh a thèid a choimiseanadh sa Ghiblean 2008.

| Amas | Gnìomh | Oifigear(an) le Uallach | Ùine/Targaidean |
|---|---|---|--|
| Seirbheisean sa Ghàidhlig | | | |
| Freagairt sa Ghàidhlig do sgrìobhadh sa Ghàidhlig | Cuiridh Sgioba na Gàidhlig air dòigh eadar-theangachadh fhreagairtean | Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig (MLG)/Oifigear Leasachaidh Gàidhlig (OLG) | Bho 2008 |
| Aithisgean, sgrìobhainnean agus foirmean dà-chànanach | Coimiseanaich eadar-theangachadh fhoirmean, aithisgean is sgrìobhainn, a' gabhail a-steach seirbheis ghearainean na Comhairle | MLG/OLG | A' chiad fhoirmean deiseil mu dheireadh 2008 |
| Foillsichidh a' Chomhairle gu cunbhalach gum faod am poball bruidhinn sa Ghàidhlig ri luchd-obrach na Comhairle | Fastaich neach-obrach le Gàidhlig san Ionad Sheirbheisean agus tabhainn oideachadh do luchd-obrach a tha ag iarraidh a' Ghàidhlig ionnsachadh | MLG/OLG, Manaidsear Sheirbheisean Luchd-cleachdaidh | Giblean 2008 |
| | Sgeama bhàidsichean gus an aithnichear daoine as urrainn dèiligeadh ri ceistean sa Ghàidhlig | MLG/OLG, Aonad Leasachadh an Luchd-obrach | Giblean 2008 |
| Foillsichidh a' Chomhairle gu cunbhalach gu bheil barrachd sheirbheisean rim faotainn tro | Seirbheisean rim faotainn sa Ghàidhlig far am bheil sin iomchaidh agus so-dhèante | Stiùirichean Sheirbheisean | Bhon Ògmhios 2008 |

| | | | |
|--|--|--|---|
| mheadhan na Gàidhlig | Sgrùdadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an libhrigeadh sheirbheisean na Comhairle, agus plana airson leudachadh | | Sgrùdadh, 2007-2008 Plana 2008 |
| Fiosrachadh air dreuchdan Gàidhlig | Co-labhairt sgoiltean air dreuchdan Gàidhlig | MLG | Lùnastal 2007 2010 |
| Taic airson cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle | | | |
| Barrachd luchd-obrach as urrainn dèiligeadh ri daoine sa Ghàidhlig | Dreuchdan ainmichte mar 'Gàidhlig riatanach' | Seirbheis na Sgiobachd | Samhradh 2008 |
| | Poileasaidh fastaidh a gabhail ris gu bheil a' Ghàidhlig na sgil obrach 'a bharrachd' ann an suidheachaidhean iomchaidh | | |
| | Liostaichean de luchd-obrach le Gàidhlig | | Bho 2008 |
| Cothrom aig an luchd-obrach an comas sa Ghàidhlig a leasachadh | Deilbh agus libhrig cùrsa Ghàidhlig bharantaichte do oifigearan san roinn phoblaich | MLG/OLG, le Aonad Leasachadh an Luchd-obrach, Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean poblach eile | 30 luchd-ionnsachaidh sa bhliadhna o Samhain 2008 |
| | Trèanadh, a' gabhail a-steach saorsa car tamaill on obair, do luchd-obrach gus an ruig iad ìre a leigeas leotha a' Ghàidhlig a chleachdadh nan obair | MLG/OLG, le Aonad Leasachadh an Luchd-obrach | 5 gach bliadhna On Lùnastal 2008 |
| Oideachadh ann an sgilean cànan | Clasaichean air litreachadh agus gràmar Gàidhlig | Aonad Leasachadh an Luchd-obrach, le MLG | 10 gach bliadhna Bhon Dàmhair 2008 |
| Barrachd mothachaidh mun Ghàidhlig san àite- | Fiosrachadh mun Ghàidhlig am prògram | MLG/OLG, còmhla ri Aonad Leasachadh an | Luchd-obrach ùr, prògram coitcheann |

| | | | |
|--------|---|--------------|--|
| obrach | inntrigidh àbhaisteach an luchd-obrach | Luchd-obrach | Bho 2008 |
| | 2 chùrsa inntrigidh air a' Ghàidhlig gach bliadhna anns a bheil barrachd doimhneachd airson luchd-obrach dhan biodh seo iomchaidh | | 10 luchd-obrach gach bliadhna a' dèanamh na cùrsa dhian Bho 2008 |
| | Far a bheil e comasach, cuiridh a' Chomhairle air chois agus bheir i taic do iasadan-cosnaidh gus sgilean Gàidhlig a leasachadh | | Thèid beachdachadh air targaidean nuair a bhios an sgrùdadh air comasan Gàidhlig luchd-obrach dèante |

| MOTHACHADH MUN GHÀIDHLIG: RAOINTEAN LEASACHAIDH | | | |
|--|---|--|---|
| Targaid | | | |
| Seallaidh rannsachaidhean a thèid a choimiseanadh gun deach, thar na h-ùine a mhaireas am Plana, àireamh nan daoine sa Ghàidhealtachd a chanas gu bheil ‘deagh rùn’ aca dhan Ghàidhlig suas 10%, an taca ri àireamh bun-loidhne stèidhte le rannsachadh ann an 2008. | | | |
| Amas | Gnìomh | Oifigear(an) le Uallach | Ùine/Targaidean |
| Mothachadh mun Ghàidhlig | | | |
| Ro-innleachd margaidheachd ag amas air mothachadh a thogail mun Ghàidhlig agus ìomhaigh bhrosnachail a chur air adhart | Gabhail pàirt ann an iomairtean margaidheachd nàiseanta mun Ghàidhlig | MLG/OLG, còmhla ri Bòrd na Gàidhlig (BnG) | Mar a thèid aontachadh le na buidhnean eile |
| | Follaiseachd air amasan a’ Phlana Ghàidhlig, taic na Comhairle dhan Ghàidhlig agus cho cudromach ’s a tha i dhan Ghàidhealtachd | Oifis Dàimh Phoblach na Comhairle, le MLG/OLG | Fiosan naidheachd co-dhiù uair sa mhìos agus gabhail pàirt chunbhalach ann an deasbadan anns na meadhanan |
| | A’ cur air dòigh no a’ gabhail pàirt ann an tachartasan air feadh na Gàidhealtachd gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig | MLG/OLG, Ionnsachadh agus Cur-seachadan Coimhearsnachd (CLL), BnG, Comunn na Gàidhlig (CNAG), buidhnean Gàidhlig eile, VisitScotland | Aon phrìomh thachartas co-dhiù sa bhliadhna a’ gabhail àite anns gach Sgìre den Chomhairle, bho 2008 |
| Foilseachadh na Gàidhlig le soidhnichean dà-chànanach | Gàidhlig air soidhnichean na Comhairle uile, nuair a tha iad a’ dol suas as ùr no a thathar gan ùrachadh | A h-uile Seirbheis, còmhla ri MLG/OLG | Mar a bhios soidhnichean gan cur suas/gan ùrachadh |
| Follaiseachd air a’ Phlana agus taic na Comhairle dhan Ghàidhlig, air làrach-lìn na Comhairle | Tiotalan, cinn-earrainn agus iomraidhean goirid air duilleag-dachaigh agus roinnean seasmhach làrach-lìn na Comhairle | Oifis Dàimh Phoblach, còmhla ri MLG/OLG, agus gach neach le uallach airson riaghladh an làrach-lìn | Na àite ron Dàmhair 2008, agus ùrachadh cunbhalach air an dèidh sin |
| | Earrann dà-chànanach le fiosrachadh mionaideach mu chùisean Gàidhlig | | |

STIÙIREADH AIR CLEACHDADH NA GÀIDHLIG ANN AN SEIRBHEISEAN NA COMHAIRLE

Far an cleachd Comhairle na Gàidhealtachd Gàidhlig, gheibh i gu cunbhalach an aon spèis ri Beurla.

Soidhnichean togalaich, a-staigh agus a-muigh

1. Seallaidh soidhnichean air taobh a-muigh thogalaichean na Comhairle (oifisean, sgoiltean, ionadan spòrs, leabharlainn stèidhichte agus gluasadach, tasglainn, ionadan coimhearsnachd, dachaighean cùraim, goireasan poblach, pàircean cluiche etc) ainm an togalaich agus na seirbheisean a tha na bhroinn gu dà-chànanach. Bidh Gàidhlig os cionn na Beurla air na soidhnichean.
2. Bidh soidhnichean air taobh a-staigh thogalaichean na Comhairle dà-chànanach. Bidh a' Bheurla os cionn na Gàidhlig air na soidhnichean seo, a' Bheurla ann am purpaidh agus a' Ghàidhlig uaine. Bidh meudachd nan litrichean co-ionann san dà chànan.
3. Bidh a h-uile soidhne a' co-fhreagairt air feumalachdan Achd Lethbhreith Ciorraim.

Soidhnichean Rathaid

1. Bidh soidhnichean fàilte air bailtean beag agus mòr agus soidhnichean rathaid na Comhairle dà-chànanach. Gabhaidh soidhnichean a-steach suaicheantasan bhailtean far am bi sin iomchaidh.
2. Bidh a' Ghàidhlig os cionn na Beurla air na soidhnichean sin. Bidh dath uaine air a' Ghàidhlig agus a' Bheurla ann an dubh. Bidh meudachd nan litrichean co-ionann san dà chànan.
3. Nuair a dh'fheumar soidhnichean ath-nuadhachadh, thèid soidhnichean dà-chànanach a chur suas.
4. Bu choir soidhnichean a chuireas a' Chomhairle suas airson luchd-turais a stiùireadh gu ionadan no tachartasan eachdraidheil a bhith dà-chànanach fhad 's a cheadaicheas riaghailtean an Riaghaltais.
5. Gheibhear comhairle air ainmean-àite agus an litreachadh bho Ainmean Àite na h-Alba.

Ainmean Sràide

1. Brosnaichear buidhnean gu bhith a' cur ainmean Gàidhlig air sràidean agus togalaichean ùra, a' cleachdadh ainmean a bhuineas do dhualchas na sgìre far a bheil sin iomchaidh.
2. Thèid beachd an t-sluaigh a shireadh bho na Comhairlean Coimhearsnachd ionadail agus thèid sùim a ghabhail de bheachdan nam Ball Ionadail cuideachd. Ma bhios eas-aonta ann, thèid a' chùis a chur fa chomhair na Comataidh Dealbhaidh, Àrainneachd agus Leasachaidh.
3. Nuair a thèid soidhnichean ainm sràide ath-nuadhachadh, bidh na soidhnichean ùra dà-chànanach.
4. Bidh a' Ghàidhlig os cionn na Beurla air na soidhnichean sin. Bidh meudachd nan litrichean co-ionann san dà chànan.
5. Cleachdaidh companaidhean a bhios a' cur suas shoidhnichean airson ùine ghoirid soidhnichean dà-chànanach. Bidh seo mar phàirt de chunnraidhean.

Naidheachdan, follaiseachd, sanasachd agus taisbeanaidhean

1. Bidh fiosan-naidheachd agus brathan-naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, a' gabhail a-steach sanasan co-cheangailte ri clàradh cloinn-sgoile, air an cur a-mach gu dà-chànanach.
2. Bidh Gàidhlig an lùib foillseachaidhean fiosrachaidh agus taisbeanaidhean a bhuineas don Chomhairle agus anns na stuthan taice leithid sanasachd, postairean agus stuthan follaiseachd. Brosnaichear feadhainn a bhios a' taisbeanadh air àrainn na Comhairle Gàidhlig a chleachdadh.
3. Ann an stuth foillsichte – mar leabhraichean agus bileagan a chaidh a dhealbh gus seirbheisean, ro-innleachdan, poileasaidhean, dòighean-obrach agus reachdas a dhèanamh follaiseach agus a mhèineachadh – bidh Gàidhlig anns na cinn-earrainn agus anns na fo-chinn. Far a bheil a leithid sin dà-chànanach, nì a' Chomhairle oidhirp ann am prionnsabal am foillseachadh ann an aon iris. Cumaidh agus foillsichidh a' Chomhairle liosta de na h-irisean dà-chànanach sin.
4. Bidh iomairtean sanasachd no margaidheachd a tha dol a-mach air a' Ghàidhealtachd a-mhàin tro mheadhanan mar pàipearan-naidheachd, telebhisean, an t-eadar-lìon, ionadan ealain, postairean, bùird-shanas, brathan dealanta agus/no innealan labhairt poblach, a' gabhail a-steach Gàidhlig.

Brathan Oifigeil, Brathan Poblach agus Sanasan airson Obraichean

Gus a gnothaichean a thoirt gu buil, is eadar don Chomhairle a bhith a' cur shanasan ann am pàipearan-naidheachd gus fios a leigeil don phoball a thaobh reachdas, taghaidhean, planadh, dleastanasan, molaidhean eile mar sin agus a thaobh thairgsean, chunnraidhean agus sheirbheisean.

1. Bidh Gàidhlig ann am brathan poblach agus sanasan.
2. Bidh brathan agus sanasan ann am pàipearan ionadail agus nàiseanta, far a bheil an cuspair a' dèiligeadh gu sònraichte ris a' Ghàidhlig, air am foillseachadh ann an Gàidhlig.

Ann a bhith ag ullachadh agus a' foillseachadh shanasan airson luchd-obrach fhadastadh, cumaidh a' Chomhairle gu teann ris na modhan-obrach a leanas.

Nochdaidh sanasan airson dreuchdan far a bheil fileantachd sa Ghàidhlig na theisteanas *riatanach*

- ann an Gàidhlig a-mhàin ann am foillseachaidhean Gàidhlig
- ann an Gàidhlig a-mhàin ann am foillseachaidhean Beurla ach le mìneachadh sa Bheurla.

A thaobh dreuchdan far am bheil fileantachd sa Ghàidhlig na theisteanas *feumail* agus dreuchdan far nach deach feum airson sgil cànan a chomharrachadh, gabhaidh a' Chomhairle stiùir laghail bho Bhòrd na Gàidhlig le sùil ri sanasan a chur a-mach mar a leanas

- gu dà-chànanach ann am foillseachaidhean Beurla ann an Alba
- ann am Beurla a-mhàin ann am foillseachaidhean sa Rìoghachd Aonaichte
- ann an Gàidhlig a-mhàin ann am foillseachaidhean Gàidhlig.

Bidh sanasan dà-chànanach air làrach-lìn na Comhairle airson obraichean far a bheil Gàidhlig riatanach. Nuair a tha sanasan a' nochdadh gu dà-chànanach, bidh an dà chànan co-ionann a thaobh stoidhle is dreach.

Làrach-lìn na Comhairle

Tha a' Chomhairle air gabhail ri siostam rianachd (CRM) airson an làrach-lìn. Bidh putan air an làrach-lìn airson roghainn a thoirt a thaobh Gàidhlig no Beurla. Thèid seòladh Gàidhlig airson an làrach a stèidheachadh airson stiùir dìreach a thoirt do luchd-cleachdaidh gu ruige dreach Gàidhlig an làrach-lìn. Bidh na putain air a' phrìomh dhuilleig dachaigh dà-chànanach.

Seach gu bheil an làrach-lìn air siostam CMS, agus gu bheil e làn stòran-data ann am Beurla agus a tha ag atharrachadh tric, cha bhì e comasach làrach-lìn gu tur dà-chànanach a thoirt gu buil. Cha bhì ceangail ri

stòran-dàta a tha a' grad-atharrachadh (m.e. naidheachdan) dà-chànanach. Bidh sgrìobhainnean a ghabhas luchdachadh a-nuas (e.g. faidhleachan pdf agus MS Word) ann an riochd Beurla a-mhàin.

Ge-tà, bidh iùil làrach-lìn, an duilleag dachaigh (nach eil fo stiùir stòr-dàta) agus duilleagan clàir an làraich (ach na tha fo stiùireadh stòr-data agus pàipearan-cùil) gu tur dà-chànanach. Cuideachd, bidh ceanglaichean ri stòran-dàta stèidhichte a tha ag atharrachadh gu mall (m.e. na seirbheisean A-Z) dà-chànanach.

Bidh co-chomhairle ann cunbhalach le luchd-cleachdaidh làraich-lìn Ghàidhlig gus faighinn am beachdan.

**PLANA GÀIDHLIG
COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD
2007-2011**

**CUIDEACHADH LE CUR PLANA
NÀISEANTA NA GÀIDHLIG
AN GNÌOMH**

PRIONNSABALAN PLANADH CÀNAIN

Feallsanachd

Tha Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhlig stèidhte air na prìomh phrionnsabalan planadh cànain a tha a' nochdadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig (earrann 3), i.e.

| | |
|-------------------|---|
| Togail cànain | san dachaigh |
| | tro fhoghlam |
| | ann an ionnsachadh inbheach |
| Cleachdadh cànain | ann an coimhearsnachdan |
| | san àite-obrach |
| | sna meadhanan |
| | sna h-ealain |
| | ann an turasachd, dualchas is cur-seachadan |
| Inbhe cànain | ìomhaigh fhiughaireach don Ghàidhlig |
| | ullachadh phlanaichean Gàidhlig |
| | a' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche |
| Corpas cànain | leasachadh ann an litreachadh, briathrachas, ainmean-àitean |
| | eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh ann an Gàidhlig |
| | Gàidhlig ann an suirbhìdh agus rannsachadh |

Tha ceanglaichean air an sealltainn sa chlàr gu h-ìseal eadar na prionnsabalan cànain sin agus na h-earrainnean de Phlana Chomhairle na Gàidhealtachd sa bheil iad a' nochdadh.

| PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG | Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd |
|--|---|
| Togail cànain | |
| anns an dachaigh | Gàidhlig anns an dachaigh |
| tro fhoghlam | Foghlam Gàidhlig |
| ann an ionnsachadh inbheach | |
| Cleachdadh cànain | |
| ann an coimhearsnachdan | Gàidhlig anns a' choimhearsnachd |
| san àite-obrach | Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle |
| sna meadhanan | Mothachadh mun Ghàidhlig |
| sna h-ealain | Gàidhlig anns a' choimhearsnachd |
| ann an turasachd, dualchas agus cur-seachad | Mothachadh mun Ghàidhlig, Gàidhlig sa choimhearsnachd |
| Inbhe cànain | |
| ìomhaigh fhiughaireach don Ghàidhlig | Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle |
| ullachadh phlanaichean Gàidhlig | Cruthachadh àrainneachd airson leasachadh |
| a' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche | Mothachadh mun Ghàidhlig |
| Corpas cànain | |
| litreachadh, briathrachas agus ainmean-àite | Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle, Foghlam |
| eadar-theangachadh labhairt agus sgrìobhaidh | Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle |
| suirbhìdh agus rannsachadh | Cruthachadh àrainneachd airson leasachadh |
| | |
| RO-INNLEACHD NÀISEANTA FOGHLAM GÀIDHLIG | Foghlam Gàidhlig, Gàidhlig sa choimhearsnachd |

GÀIDHLIG SAN DACHAIGH

Feallsanachd

A dh'aindeoin cho soirbheachail is a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG), tha rannsachadh air ath-bheothachadh cànan a' nochdadh nach eil ann ach a' chiad cheum sa phròiseas sin agus gu bheil e air leth cudromach cuideachd gum bi an cànan a' dol o ghinealach gu ginealach san dachaigh tro phàrantan a bhith ga toirt dhan chloinn. Tha am Plana ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an dachaigh ann a bhith a' daingneachadh obair nan sgoiltean agus ann a bhith ag àrach ginealaich ùra aig a bheil Gàidhlig mar chainnt mhàthaireil. Co-obrachaidh a' Chomhairle air seo le Bòrd na Gàidhlig, air a bheil e mar fhiachaibh fo Phlana Nàiseanta na Gàidhlig (earrann 3) 'iomairt a dhèanamh airson adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig agus toirt seachad na Gàidhlig san dachaigh'.

San fharsaingeachd

Brosnaichidh a' Chomhairle pàrantan gus Gàidhlig a thoirt dhan chloinn aca san dachaigh agus gus cothrom a thoirt dhaibh a' Ghàidhlig a cleachdadh san dachaigh. Nì i seo le bhith

- dèanamh phàrantan an latha an-diugh is a-màireach mothachail air
 - na buannachdan a tha ann an dà-chànanas do chloinn
 - àite na dachaigh ann a bhith a' daingneachadh Gàidhlig chloinne, gan dèanamh mothachail air cho feumail 's a tha i agus gan dèanamh dìleas dhi
- toirt seachad fiosrachadh agus comhairle, mar phàirt de iomairt Bòrd na Gàidhlig 'gus cleachdadh agus toirt seachad na Gàidhlig adhartachadh san dachaigh' (Plana Nàiseanta, earrann 4) air mar a ghabhas a' Ghàidhlig stèidheachadh ann an dachannan agus teaghlaichean – tro sgrìobhadh is craoladh, an t-eadar-lìon, coinneamhan is bùthan-obrach, agus, le daoine eile, taic tro thadhal dhachaighean, comhairle agus lionraidhean phàrantan mu Ghàidhlig san dachaigh
- toirt taic phractaigeach, mar eisimpleir tro sheirbheisean iasad stutha
- co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig gus teagasg na Gàidhlig do phàrantan a chur air stèidh chunbhalach, le teagasg aig diofar ìrean, co-òrdanachadh agus fiosrachadh, trèanadh luchd-teagaisg agus ceistean ionmhais. Bheirear barrachd cothrom do phàrantan agus cloinn ionnsachadh còmhla, ann am buidhnean is cruinnichidhean
- coiteachadh airson seirbheisean a bheir taic dhan Ghàidhlig san dachaigh, mar prògraman telebhisein (aig uairean reusanta), leabhraichean is DVDan agus le bhith dèanamh seirbheisean taic-teaghlaich mothachail air feuman phàrantan a tha a' togail chloinne le Gàidhlig, le cuideam àraidh air Luchd-tadhail Slàinte.

GÀIDHLIG SAN DACHAIGH: RAOINTEAN LEASACHAIDH

Targaidean

Thèid earrann nan sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig aig a bheil pàrantan/luchd-cùraim le Gàidhlig (no ag ionnsachadh) suas 15% (o bhun-loidhne ann an 2006 de 40%).

Thèid earrann nan sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig a tha cleachdadh na Gàidhlig gu cunbhalach san dachaigh, suas 20% rè a' Phlana (o bhun-loidhne ann an 2006 de 12%).

| Amas | Gnìomh | Oifigear(an) le Uallach | Ùine/Targaidean |
|--|---|--|---|
| Mothachadh farsaing air cho cudromach is a tha dachaigh is teaghlaich gus clann a chuideachadh ag ionnsachadh Gàidhlig | Iomairt fiosrachaidh: bileagan/sanasan/leabhraichean do phàrantan air 'Gàidhlig san dachaigh is an teaghlach' – mar phàirt de sgeama air a ruith le BnG | Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig (MLG)/Oifigear Foghlaim (OF), le Bòrd na Gàidhlig (BnG), agus le CNSA agus Comann nam Pàrant (CnP) | 2008-2010 |
| Cothrom aig pàrantan air fiosrachadh agus comhairle mun Ghàidhlig san dachaigh | Bùthan-obrach air Gàidhlig san dachaigh | CLL, le MLG/OF | 7 gach bliadhna: 1 gach 3 bl. anns gach sgìre le FTMG |
| | Obraich le Comann nam Pàrant a thaobh taic do thadhal dhachannan is lionraidhean pàrantan | CLL toirt taic do ChNAG/CnP | A rèir prògram CnP/CNAG |
| Pàrantan ag ionnsachadh na Gàidhlig | Cothroman do phàrantan Gàidhlig ionnsachadh far a bheil FTMG | CLL, còmhla ri CNSA | Gach 3 bliadhna: i.e. 7 sa bhliadhna gu lèir |
| Taic phractaigeach do Ghàidhlig san dachaigh | Seirbheis iasad stuthan ann an sgìrean FTMG | CLL, Ionad Stuth-teagaisg, Leabharlainn | A' leantainn, le ùrachadh bliadhnail |
| Pàrantan ùra a' togail an cloinne le Gàidhlig | Ceangal ri Gàidheil òga a thàinig tro FTMG | MLG/OF, le BnG | Pròiseact 2008-2010 |
| Mothachadh air Gàidhlig san dachaigh | Co-labhairt eile air Gàidhlig san dachaigh | MLG/OF, BnG | Sultain 2008 |
| Stuthan craobh-sgaoilte, clò-bhuailte is dealanta airson na dachaigh | Coiteachadh ri buidhnean iomchaidh agus a' toirt taic | MLG, còmhla ri na buidhnean Gàidhlig | Gach bliadhna agus mar a nochdas cothroman |

FOGHLAM GÀIDHLIG

Ro-ràdh

Cumaidh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad roghainn chothroman air a' Ghàidhlig ionnsachadh aig ìre ro-sgoile, sgoile, ionadan foghlaim agus foghlam inbheach. Leudaichidh i air seo agus feuchaidh i ri tuigse a thoirt dhan luchd-ionnsachadh air saoghal farsaing na Gàidhlig. Nì i seo an taobh a-staigh Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig agus ann an com-pàirt ri Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan is buidhnean eile.

Foghlam ro-sgoile agus cùram-chloinne

Bidh prìomh àite aig a' Chomhairle ann an leasachadh foghlam ro-sgoile agus cùram-chloinne Gàidhlig. Nì i cinnteach gu bheil goireasan cùram-chloinne tron Ghàidhlig agus buidhnean pàrant is pàiste Ghàidhlig ann do chloinn 0-3 uile agus freagraidh i gu bàigheil iarrtasan o phàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig do chloinn 3-4. 'S e amas a' phoileasaidh gum bi cothrom aig gach pàrant air a' Ghàidhealtachd air foghlam ro-sgoile tron Ghàidhlig. Airson seo, nì a' Chomhairle feum de sgrùdadh Bòrd na Gàidhlig air 'solar cùram-chloinne agus bhliadhnachan tràth' (Plana Nàiseanta, earrann 4).

Foghlam sa bhun-sgoil

Brosnaichidh a' Chomhairle foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG) le bhith cuimseachadh bhileagan agus pacain fiosrachaidh air pàrantan agus freagraidh i iarrtasan phàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil gu bàigheil. Nì i seo an dàimh ri pròiseact follaiseachd Bòrd na Gàidhlig air foghlam tron Ghàidhlig (Plana Nàiseanta, earrann 4), a' cur an cèill cho feumail is a tha dà-chànanas agus cho soirbheachail is a tha FTMG, le sùil ris an àireamh sgoilearan a chur suas 20% ro 2011.

Gheibhear foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an trì riochdan: clasaichean no roinnean ann an sgoiltean, Sgoiltean Gàidhlig agus 'Sgoiltean Gàidhlig le clasaichean tro mheadhan na Beurla'. Far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a lìbhrigeadh tro roinn ann an sgoil, bidh àrainneachd dhà-chànanach stèidhte air feadh na sgoile gu lèir, a' gabhail a-steach sgoilearan tro mheadhan na Beurla ag ionnsachadh Gàidhlig agus an dà chànan a bhith gan cleachdadh air feadh na sgoile. Ann an sgoiltean Gàidhlig agus 'Sgoiltean Gàidhlig le clasaichean Beurla', 's i a' Ghàidhlig cànan na sgoile.

Bidh Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis na fòcas airson na Gàidhlig ann an Inbhir Nis, na h-eisimpleir air sàr-mhathas ann am foghlam Gàidhlig agus na meadhan-dearbhadh airson rudan mar dàimh ris an àrd-sgoil is a' choimhearsnachd agus seirbheis cùram-chloinne. Stèidhichidh a' Chomhairle sgoiltean Gàidhlig eile mar a dh'èireas an cothrom.

Bidh a' Chomhairle a' sùileachadh air a h-uile bun-sgoil eòlas a thoirt do sgoilearan air a' Ghàidhlig agus a cultar, tron phac 'Gaelic is all around', 'Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil' (GLPS), no am pac teagaisg ùr a thathar a' deasachadh airson seo.

Foghlam san àrd-sgoil

Bidh clasaichean 'Gàidhlig' ann an àrd-sgoiltean a tha air an comharrachadh airson sgoilearan bho fhoghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. Leudaichidh a' Chomhairle air teagasg tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil, ag amas air còig cuspairean air a' char as lugha anns gach sgoil rè beatha a' Phlana.

Cumaidh a' Chomhairle teagasg Luchd-ionnsachaidh a' dol anns na h-àrd-sgoiltean far a bheil e an-dràsta. Rannsaichidh i leis na sgoiltean dòighean san gabh teagasg luchd-ionnsachaidh a mheudachadh agus bheir i cothrom do sgoilearan Gàidhlig ionnsachadh tro a cùrsa air-loidhne fhèin. Siridh i dòighean air blasad de chultar na Gàidhlig a thoirt don a h-uile sgoilear àrd-sgoile, fo sgiath a' Churaicealaim airson Sàr-mhathais.

Foghlam inbheach, adhartach agus àrd-ìre

Obraichidh a' Chomhairle le Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean eile air siostam leantainneachd agus co-òrdanaichte airson oideachadh inbheach sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach teicneòlas, modhan-teagasg ùra agus co-obrachadh eadar sgoiltean agus ionadan foghlam inbheach, adhartach agus àrd-ìre. Bidh seo a' tarraing air suirbhidh Bòrd na Gàidhlig air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do inbhich (Plana Nàiseanta, earrann 4). Bidh lorg agus trèanadh luchd-teagasg na phàirt chudromach dhen seo.

Cuiridh a' Chomhairle, le buidhnean eile, prògram thachartasan air bhonn a leigeas le inbhich a' Ghàidhlig a tha iad ag ionnsachadh a leasachadh ann an suidhichidhean neo-fhoirmeil. Bidh stuth-taic luchd-ionnsachaidh ann an Leabharlainn na Gàidhealtachd.

Bidh oideachadh ann an litreachadh is gràmar na Gàidhlig ann do fhileantaich gus am bi misneachd aca a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an dòighean ùra.

Taic

Obraichidh a' Chomhairle le Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba agus ionadan Àrd Fhoghlaim, air iomairtean nàiseanta gus àireamh luchd-teagasg le Gàidhlig a chur am meud agus gus feumalachdan leasachadh leantainneach an luchd-teagasg a fhrithealadh.

Cleachdaidh i Teicneòlas Fiosrachaidh airson cùrsaichean Gàidhlig a libhrigeadh agus gus stuth-teagasg a dhèanamh leithid sgeama adhartach leabhraichean-air-CD na Comhairle.

Bheir a' Chomhairle taic dhan ionad nàiseanta, Storlann, agus cumaidh i oirre cuideachd a' dèanamh, a' ceannach agus a' sgoileadh stuth-teagasg aig ìre ionadail.

Bheir a' Chomhairle stiùir do bhuidhnean eile, mar Ionnsachadh agus Teagasg Alba, Roinn Foghlaim a' BhBC agus na h-Oilthighean, UHI Millennium Institute nam measg, gus stuthan, cùrsaichean, luchd-obrach agus rannsachadh a chur am meud.

FOGHLAM GÀIDHLIG: RAOINTEAN LEASACHAIDH

Targaidean

Meudaichidh an àireamh eadar 0-3 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus eadar 3-18 a tha a' bruidhinn Gàidhlig sa Ghàidhealtachd le 10% ro 2011, a rèir àireamh 0-3 san Ògmhios 2007 agus àireamh a' Chunntas Nàiseanta airson 3-18 ann an 2001.

| Amas | Gnìomh | Oifigear(an) le Uallach | Ùine/Targaidean |
|---|---|--|--|
| Foghlam ro-sgoile agus cùram-chloinne | | | |
| Leudachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG) aig ìre ro-sgoile, le targaid fàs 10% airson 2011 mar thoiseach tòiseachaidh | Brosnachadh FTMG ro-sgoile airson clann eadar 3 is 4 far a bheil na h-àireamhan ìseal | Oifigear Foghlaim Gàidhlig (OFG), Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig (MLG), an compàirt ri Bòrd na Gàidhlig (BnG), agus le Comunn na Gàidhlig (CNAG), Comhairle nan Sgoiltean Àraich (CNSA) | Inbhir Nis, An Gearasdan 2007-2008 |
| | Leudachadh gu sgìrean eile tro shanasachd is bileagan agus freagairt iarrtasan phàrantan agus choimhearsnachdan gu bàigheil | | Inbhir Pheofharain, Alanais 2008-2009 agus sgìrean eile a rèir iarrtais |
| Leudachadh air cùram-chloinne Gàidhlig agus buidhnean tro mheadhan na Gàidhlig do 0-3 | Freagair gu bàigheil ri sgrùdadh an Riaghaltais air seirbheisean 0-3 a tha ann | OFG, MLG, an dàimh ri Bòrd na Gàidhlig, agus le CLL, CNAG, CNSA | 2008 |
| | Cur air chois buidhnean phàrant is phàiste Gàidhlig sa bheil clann is pàrantan ag ionnsachadh còmhla | | 3 buidhnean ùra gach bliadhna |
| | Tabhainnear cùram-chloinne Gàidhlig ann an sgìrean ùra gach bliadhna | OFG, Comann Cùram-chloinne na h-Alba, Oifigearan Cùram-chloinne & Teaghlaich, Care and Learning Alliance (CALA), BnG | Inbhir Nis, 2007-08 Eilean Sgitheanach, An Gearasdan, 2008-2009 Inbhir Pheofharain, Baile Dhubhthaich, 2009-2010 |
| | A' rannsachadh an fheum airson cùram fad-latha tron Ghàidhlig airson aois 4 is 5 | OFG, le BnG, Comann Cùram-chloinne na h-Alba, Oifigearan Stòrasan Cùram-chloinne is Teaghlaich, CALA | Seirbheisean ann an Inbhir Nis, An Gearasdan, Inbhir Pheofharain, Port Rìgh, Baile |

| | | | |
|--|---|---|--|
| | | | Dhubhthaich ri linn a' Phlana |
| Leudachadh roghainnean cùraim a-mach-às-an-sgoil | A' stèidheachadh solar ùr agus a' comharrachadh luchd-solair ùr le Gàidhlig | OFG, le Comann Cùram-chloinne na h-Alba, Oifigearan Stòrasan Cùram-chloinne is Teaghlaich, CALA, buidhnean eile | Ceithir gach bliadhna 2008-2011 |
| | Buidhnean/clubaichean tro mheadhan na Gàidhlig a tha ann mu thràth, gam brosnachadh gu seirbheis a thoirt a bhios a' gabhail a-steach cùram-chloinne | OFG, Co-òrdanaichean Sgoiltean Gnìomhach, CNAG, Fèisean nan Gàidheal (FnG) | |
| Foghlam bun-sgoile | | | |
| Barrachd mothachaidh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig | Follaiseachd gach trì bliadhna, anns gach sgìre le FTMG | Ionnachadh agus Cur-seachadan Coimhearsnachd (CLL), le Oifigear Foghlaim Gàidhlig (OFG) | 7 gach 3 bliadhna 2008-2011 |
| | Brosnachadh ann an sgìrean far am faodadh ùidh a bhith aig pàrantan ann am FTMG | MLG/OFG, le CLL, BnG, eile | 3 gach bliadhna, 1 anns gach aon de na 3 Sgìrean Comhairle |
| | Dèanamh is foillseachadh bhileagan mu FTMG | MLG/OFG, le BnG | 2008-2010 |
| Àrainn dà-chànanach ann an sgoiltean le clasaichean FTMG agus ann an Sgoiltean Gàidhlig le roinnean Beurla | Ag obair le sgoiltean airson barrachd Gàidhlig a bhith air feadh nan sgoiltean – e.g. soidhnichean, co-thionalan, cinn litrichean, clas Gàidhlig do luchd-obrach/sgoilearan | MLG/OF | Ro-innleachd aontaichte, Co-labhairt, Samh. 2007. Planaichean sgoiltean, 2008. Cur an gnìomh 2008-2010 |
| Sgoiltean Gàidhlig | Freagairt bàigheil do chothroman sgoiltean Gàidhlig a stèidheachadh | MLG, le buidhnean phàrantan | Mar as urrainnear, ag amas air 2 sgoil ùir rè àm a' Phlana – le mìneachadh sa phlana-gnìomh |

| | | | |
|---|--|---|---|
| Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis mar fhòcas airson na Gàidhlig ann an Inbhir Nis | Dreuchd làn ùine Oifigear Gàidhlig agus maoinachadh airson prògram Gàidhlig sa choimhearsnachd | Àrd-oifigear Foghlam Coimhearsnachd is Chur-seachadan, INBS, agus Ceannard Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis | Bho 2007 gu 2009, le greis daingneachaidh an dèidh sin |
| Barrachd Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh sa bhun-sgoil | Dèanamh agus cur an gnìomh plana gus 'Gaelic is all arouns'/GLPS a leudachadh gu sgìrean eile agus gus pac-teagaisg ùr a chur an gnìomh | MLG/OFG | 50% sgoiltean an sàs ro dheireadh 2008-2010 |
| Foghlam àrd-sgoile | | | |
| Leudachadh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil | Buidheann Obrach air Gàidhlig san àrd-sgoil, a' gabhail a-steach: còig cuspairean gan teagasg tron Ghàidhlig anns gach sgoil ainmichte; leudachadh air teagasg Luchd-ionnsachaidh; blasad air cultar na Gàidhlig don a h-uile sgoilear | MLG/OFG agus Ceann Sheirbheisean Foghlaim | Plana, Ògmhios 2008 5 cuspair anns gach sgoil le FTMG, 2011 1 sgoil as ùr gach bliadhna le Luchd-ionnsachaidh, bho 2009 |
| | Plana 3 bliadhna a dhèanamh is a choileanadh, le targaidean bliadhnail | MLG/OF | A h-uile sgoil le aonadan-teagaisg air dualchas na Gàidhlig, 2010 |
| Foghlam inbheach, adhartach agus àrd-ìre | | | |
| Siostam co-òrdanaichte de oideachadh inbheach sa Ghàidhlig stèidhte air a' Ghàidhealtachd | Dealbh air teagasg Gàidhlig inbheach an-dràsta | Prìomh Oifigear Foghlam Ealain agus Leasachadh Cultarach (PAECDO), | Giblean 2008 |
| | Deasaich plana leasachaidh airson clasaichean leantainneach | Prìomh Oifigear Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (PCLDO), le BnG | Dàmhair 2008 |
| | Clasaichean leantainneach ann an Inbhir Nis, Loch Abar, Bàideanach, an t-Eilean Sgitheanach, Meadhan is Taobh Siar Rois agus Cataibh an Ear agus a Tuath | PAECDO | 6 sgìrean 2007-2009 |

| | | | |
|--|--|-----------------------------------|---|
| | Clasaichean leantainneach ann an sgìrean eile, a rèir iarrtais | PAECDO | 2009-2011 |
| Cothrom do inbhich piseach a thoirt air a' Ghàidhlig aca ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil | Coinneamhan còmhraidh mìosail sna 8 uàrdan le clasaichean leantainneach | PAECDO PCLDO | Gach mìos anns gach tè de na 8 uàrdan 2009-2011 |
| | Thoir taic agus leasaich buidhnean còmhraidh gu bhith air an ceann fhèin | PAECDO PCLDO | 2010 |
| | Buidhnean ùra ann an sgìrean eile far a bheil clasaichean leantainneach | PAECDO PCLDO | Bho 2010 |
| Clasaichean air litreachadh agus gràmar na Gàidhlig do fhileantaich | Clasaichean an Loch Abar, Inbhir Nis, an Eilean Sgitheanach, Ros is Cataibh | PCLDO | 1 chlas gach bliadhna anns gach tè de na 6 sgìrean 2008-2010 |
| | Clasaichean a rèir iarrtais | | A rèir iarrtais |
| Stòrasan aig Leabharlann na Gàidhealtachd do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig | Brosnaich Leabharlann na Gàidhealtachd gu bhith a' cumail stuthan do luchd-ionnsachaidh anns gach leabharlann | Manaidsear Ionnsachadh Fad-beatha | Bho 2008 |
| Cultar sa churaicealam | | | |
| 'S e an t-amas a' Ghàidhlig a bhith air a faicinn mar phàirt de dhualchas farsaing na Gàidhealtachd – a' gabhail a-steach ceòl dualchasach, dràma, dannsa agus iomain – agus teagasg a' chànain a bhith sa cho-theacsa fharsaing seo | Cuir taic ri Buidheann Stiùiridh Nàiseanta Foghlam Gàidhlig le an sgrùdadh air a' churaicealam Ghàidhlig agus tron Ghàidhlig sa bhun-sgoil agus an àrd-sgoil, gus tomhas dè cho 'Gàidhealach' is a tha e agus lorg beàrnan | MLG/OFG, PAECDO | Gearran 2009 |
| | Gabh gu bàigheil ri na molaidhean leasachaidh | | Giblean 2009 |

| | | | |
|--|--|---|---|
| | Craobh-sgaoil am fiosrachadh seo, tro cho-labhairtean agus chùrsaichean, agus cuir am plana an gnìomh | | 2009-2011 |
| Pròiseact ann an sgoiltean agus buidhnean òigridh gus barrachd mothachaidh a thoirt don òigridh air a' Ghàidhlig agus a dualchas | Paca pròiseact ioma-mheadhanach air dualchasan na Gàidhealtachd, le cuideam air a' Ghàidhlig; ga chur an sàs ann an sgoiltean agus buidhnean òigridh; agus ag ullachadh luchd-obrach | MLG/OFG, am Prìomh Oifigear Leasachadh Òigridh, ann am com-pàirt ri BnG agus Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (SMG) | Paca pròiseact ron Mhàrt 2009 A' cur an gnìomh 2009-2011, le 30 sgoil a' gabhail pàirt gach bliadhna |
| Cuir dreach ioma-mheadhan air foghlam Gàidhlig | Pròiseact rannsachaidh gus sgilean ioma-mheadhan a theagasg do òigridh | Luchd-co-òrdanachaidh Cultair, CLL le BnG agus SMG | Samhain 2008 |
| Ceanglaichean ri sgìrean agus cultaran eile | Cuairtean 'iomlaid' do dhaoine òga, inbhich agus teaghlaichean, an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta | MLG/OFG/OLG le BnG agus buidhnean eile | 2008-2011 |
| Taic | | | |
| Leasachadh sgilean bunaiteach agus deasachadh agus sgaoileadh stuthan-teagaisg | Ann a bhith cur a' Phlana an gnìomh agus an co-bhonn ri buidhnean poblach eile, cuiridh a' Chomhairle air adhart program leasachaidh air sgilean bunaiteach | MLG, OFG agus Ceann Sheirbheisean Foghlaim | A' leantainn |
| | Glèidh agus leudaich seirbheis ionadail airson stuthan-teagaisg Ghàidhlig | MLG/OFG, Neach-taic Stuth-teagaisg, le Storlann | Prògram bliadhnaile aontaichte, Cèitean |
| | Sgrùdadh air solar Gàidhlig leabharlainn sgoile agus dèanamh plana leasachaidh | Àrd Leabharlannaiche nan Sgoiltean | Plana ron Lùnastal 2009 |
| An t-ùghdarras a' toirt stiùir do bhuidhnean a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig agus tro mheadhan na | Coinneamhan air FTMG do luchd-obrach-foghlaim na Comhairle | MLG/OFG | Aon gach samhradh /foghar bho 2008 |

| | | | |
|---|---|-----------------|-------------------------|
| Gàidhlig agus a' sireadh an luach as fheàrr à co-obrachadh eadar-bhuidheann | Co-labhairtean do luchd-foghlaim sa Chomhairle air foghlam Gàidhlig agus FTMG | MLG/OFG, le BnG | 2009 2010 |
| | Sireadh riochdachadh air gach buidheann/fòram foghlaim FTMG/Gàidhlig agus riochdachadh Gàidhlig a bhith air buidhnean /fòraman foghlaim nàiseanta | MLG/OFG | A' leantainn air adhart |

GÀIDHLIG SA CHOIMHEARSNACHD

Feallsanachd

Tha am Plana a' gabhail ri barail eòlaichean gu bheil ionnsachadh cànan nas èifeachdaiche nuair a tha cothrom ann a cur gu feum ann an coimhearsnachd. Tha i cuideachd, mar phàirt de bhith dèanamh na Gàidhlig 'àbhaisteach', airson gum bi cothrom aig luchd na Gàidhlig air cur-seachadan agus tachartasan eile tron Ghàidhlig. Thathar an dùil gum bi na molaidhean san earrainn seo nam pàirt de 'phròiseact com-pàirteachais' Bòrd na Gàidhlig mun Ghàidhlig sa choimhearsnachd (Plana Nàiseanta, earrann 4).

Cumaidh a' Chomhairle a' toirt taic do leasachadh cultar agus ealain na Gàidhlig. Feuchaidh i rin cleachdadh gus misneachd agus fèin-mheas muinntir na Gàidhealtachd a thogail agus gu cothroman eaconamach a bhrosnachadh, gu h-àraidh ann an turasachd.

San fharsaingeachd, feuchaidh a' Chomhairle ri leasachadh na Gàidhlig a chur ann an co-theacsa farsaing cultair a bhios cuideachd a' gabhail a-steach roinnean eile dhen dualchas, mar dannsa, ceòl, spòrsan mar iomain agus, san fharsaingeachd, an sgaoilteach de chleachdaidhean, dhualchasan agus bheachdan a tha a' cur ri fèin-aithne sluaigh.

A' cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd

Meudaichidh Comhairle na Gàidhealtachd cothroman dhan òigridh a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an cur-seachadan is eile sa choimhearsnachd. Feuchaidh i gu h-àraidh ri seo a dhèanamh ann an sgìrean le foghlam tron Ghàidhlig. Nì i seo le toirt taic airson

- buidhnean ionadail Gàidhlig
- planaichean leasachaidh Gàidhlig aig ìre sgìreil
- goireasan a bheir cothrom do dhaoine coinneachadh agus conaltradh sa Ghàidhlig.

Bidh an taic seo a' gabhail a-steach cuideachadh bhuidhnean gus airgead a lorg airson luchd-taic pàirt-ùine agus gheibhear taic cuideachd o luchd-obrach Ionnsachadh agus Cur-seachadan na Comhairle (CLL).

Bidh cur-seachadan tron Ghàidhlig anns na prògraman a bhios a' Chomhairle a' ruith ann an sgìrean le foghlam tron Ghàidhlig no le dualchas Gàidhlig, gu h-àraidh ma tha iad a' bualadh air an òigridh, agus cuiridh i ìmpidh air buidhnean eile an aon rud a dhèanamh.

Bidh prògram sònraichte ann de chur-seachadan agus chruinnichidhean sa Ghàidhlig do sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig aig gach ìre, fo sgèith ro-innleachd Gàidhlig na h-òigridh a tha ri leasachadh le Bòrd na Gàidhlig (Plana Nàiseanta, earrann 4).

Siridh a' Chomhairle gu h-àraidh ri leudachadh air cothroman spòrs sa Ghàidhlig, nì i coiteachadh ri buidhnean eile mun seo agus cuiridh i trèanadh air adhart anns na sgilean iomchaidh.

Gabhaidh seo a-steach

- còmhla ri feadhainn eile, mar Bòrd na Gàidhlig agus Comhairlean Spòrs, ro-innleachd a stèidheachadh airson leasachadh chur-seachadan spòrs sa Ghàidhlig
- pròiseactan fallaineachd sa Ghàidhlig ann an sgoiltean is buidhnean òigridh agus co-obrachadh ri Bòrd na Gàidhlig mun phrògram a tha san amharc aca a thaobh farpaisean agus tachartasan spòrs sa Ghàidhlig don òigridh.

Coitichidh a' Chomhairle airson barrachd leabhraichean, irisean, pàipearan-naidheachd, seirbheisean eadar-lìn, stuthan dealanta agus craoladh rèidio is telebhisean (aig uairean reusanta) sa Ghàidhlig agus bheir i taic do chraoladh Gàidhlig air rèidio coimhearsnachd.

Cultar Gàidhlig agus na h-ealain

Nì a' Chomhairle daoine mothachail mu chultar na Gàidhlig agus brosnachidh i barrachd dhaoine gus compàirt a ghabhail anns na h-ealain Ghàidhlig tro

- cur ri deasachadh ro-innleachd co-phàirt nàiseanta do chultar na Gàidhlig a tha Bòrd na Gàidhlig gu bhith cur air bhonn (Plana Nàiseanta, earrann 4)
- taic do fhèillean-ealain mar Blas, mòdan, fèisean, buidhnean dràma, fèisean dràma, tachartasan cultarail ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil, agus a leithid
- taic do na buidhnean a bhios a' cur a leithid sin air dòigh
- tarraing litreachas Gàidhlig gu aire dhaoine tro sheirbheis Leabharlainn na Gàidhealtachd agus leudachadh air na ri fhaotainn de leabhraichean agus eile
- aonta fhoirmeil a chumail a' dol leis A' Chomunn Ghàidhealach gus am Mòd Rìoghail Nàiseanta a thoirt chun na Gàidhealtachd a h-uile trì bliadhna
- pròiseactan eadar-bhuidheann a bhrosnachadh gus cultar is ealain na Gàidhlig a leasachadh
- a' toirt an fheum as fheàrr dhan Ghàidhlig à iomairtean nàiseanta agus a' cumail taic ri pròiseactan ioma-bhuidhne a tha ann mu thràth.

Gus a bhith coileanadh còirichean cultarail na h-òigridh, bidh a' Chomhairle

- togail mothachadh mu chultar na Gàidhlig ann an sgoiltean, ionadan-foghlaim agus ann an suidheachaidhean ionnsachaidh neo-fhoirmeil

- meudachadh an àite a tha aig cultar na Gàidhlig ann an curaicealam FTMG
- cur air dòigh teagasg nan ealain Ghàidhlig, nam measg dràma, anns na sgoiltean
- brosnachadh phròiseactan mu dhualchas na Gàidhealtachd ann an sgoiltean is buidhnean òigridh, leithid pròiseactan eachdraidh sam bi sean is òg an sàs
- dèanamh stuthan foghlaim mu dhualchas na Gàidhealtachd ann an iomadh meadhan, agus a' cumail a' leasachadh an làraich-lìn, 'Am Baile'.

Bheir gach bun-sgoil sa Ghàidhealtachd eòlas do sgoilearan mun Ghàidhlig is a dualchas ann an iomadh dòigh, le iomairtean GLPS agus 'Gaelic is all around' nam measg.

A' togail mothachadh mu dhualchas na Gàidhealtachd

Siridh a' Chomhairle mothachadh a thogail mu chaochladh dhualchasan na Gàidhealtachd, dualchas na Gàidhlig nam measg, tro

- taisbeanadh agus mìneachadh stuthan agus fiosrachadh anns na tasglainn is taighean-tasgaidh aice fhèin agus ann an taighean-tasgaidh neo-eisimeileach a tha ann an com-pàirt rithe
- iomairtean gus mothachadh a thogail mu dhualchas is eachdraidh ionadail
- coiteachadh gus am bi dualchas Gàidhlig na Gàidhealtachd ga nochdadh ann an obair bhuidhnean a tha a' dèiligeadh ri eachdraidh is àrainneachd na Gàidhealtachd.

GÀIDHLIG SA CHOIMHEARSNACHD: RAOINTEAN LEASACHAIDH

Targaidean

Rè ùine a' Phlana, deasaichear ceithir planaichean leasachaidh coimhearsnachd às ùr le buidhnean ionadail.

| Amas | Gnìomh | Oifigear(an) le Uallach | Ùine/Targaidean |
|--|--|--|--|
| A' cleachdadh Gàidhlig sa choimhearsnachd | | | |
| Buidhnean leasachaidh ionadail a' cruthachadh 'coimhearsnachdan' Gàidhlig | Buidhnean taice dhan Ghàidhlig ann an 4 sgìrean: an cuideachadh a' dèanamh phlanaichean ionadail Gàidhlig is gan cur an gnìomh | Prìomh Oifigear Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (PCLDO), MLG, OLG, an com-pàirt ri Bòrd na Gàidhlig (BnG) | 4 buidhnean rin cur air chois agus 4 planaichean dèante 1 gach bliadhna, 2008 gu 2011 |
| | Buidhnean ann an sgìrean eile mar as iomchaidh | | Bho 2010 |
| Roghainnean tro mheadhan na Gàidhlig ann am prògraman chur-seachadan, ann an sgìrean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig | Roghainnean tron Ghàidhlig ann am prògraman samhraidh (m.e. Gnìomhan Samhraidh, Out of Eden) ann an sgìrean le FTMG | Oifigearan sgìreil Ionnsachadh agus Cur-seachadan Coimhearsnachd (CLL), le CNAG, Out of Eden agus buidhnean eile | Co-dhiù 1 gach bliadhna anns gach tè den 20 sgìre le FTMG Iuchar 2008-2011 |
| | Prògram sònraichte de chur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig do sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig aig gach ìre | | Oifigearan sgìreil CLL |
| Leudachadh ann an cothroman chur-seachadan/spòrs tro mheadhan na Gàidhlig | Lorg agus trèanadh luchd Gàidhlig mar choidsichean saor-thoileach fon phrògram Sgoiltean Gnìomhach | Oifigich sgìreil CLL, Co-òrdanaichean Sgoiltean Gnìomhach, BnG agus CNAG | 1 choidse le Gàidhlig anns gach sgìre FTMG Bho Ògmhios 2008 |
| | Cuir air dòigh tachartasan spòrs anns a' Ghàidhlig | | 1 gach bhliadhna anns gach tè de na 3 Sgìrean Comhairle 2008-2011 |

| Cultar na Gàidhlig | | | |
|--|--|---|--|
| Ro-innleachd chunbhalach airson leasachadh cultar agus ealain na Gàidhlig sa Ghàidhealtachd | Com-pàirt ann an dealbh ro-innleachd nàiseanta airson cultar na Gàidhlig agus ro-innleachd chultarail na Comhairle a bhith a' deiligeadh ri Gàidhlig gu cothromach | PAECDO, mar phàirt de phròiseact co-phàirt BnG | 2008-2011 agus a' leantainn |
| | Brosnaich co-obrachadh eadar coimhearsnachdan agus buidhnean poblach ann an iomairtean Gàidhlig sa choimhearsnachd | | |
| Leasachadh thachartasan cultarail Gàidhlig agus taic dha na buidhnean a tha gan ruith | Taic do Fhèisean nan Gàidheal (FnG) gus Fèis bhliadhnail Blas a ruith | PAECDO, PCLDO, le Fèisean nan Gàidheal (FNG) | 60% den àite làn agus 70% den luchd-èisteachd riarachtaiche 2007-2011 |
| | Co-luadar ri luchd-ruith mhòdan ionadail gus na mòdan a dhèanamh nas tarraingiche dhan òigridh | MLG/OFG/OLG, le Co-òrdanaichean Cultair, An Comunn Gàidhealach | Bun-loidhne stèidhte ann an 2008, 5% meudachaidh gach bliadhna às dèidh sin |
| Meudachadh àite na Gàidhlig ann an leasachaidhean cultarach | Gàidhlig aig cridhe Homecoming 2009 | PAECDO, MLG/OLG | 2009 |
| | Stiùireadh air Gàidhlig ann an tachartasan ealain | | 2008 agus a' leantainn |
| Mothachadh air, agus barrachd ri fhaotainn de leabhraichean Gàidhlig is stuthan ioma-mheadhan eile | Taisbean stuthan Gàidhlig anns gach leabharlann agus ann am prìomh ionadan-cleachdaidh | Leabharlann na Gàidhealtachd agus Co-òrdanaiche Sheirbheisean Fiosrachaidh | Foghar 2008-2011 |
| | Còmhla ri buidhnean eile, aontaich innleachd gus foillseachadh agus sgaoileadh leabhraichean Gàidhlig agus stuthan eile a mheudachadh | MLG, le OLG, OFG, CLL, agus BnG, Comhairle nan Leabhraichean, Seirbheis nan Leabharlann | Samhradh 2009 |

| | | | |
|---|--|-----------------------------------|--|
| | Ruith bùthan-obrach air sgrìobhadh cruthachail | | 2009-2011 |
| | Dèan com-pàirt agus roinn goireasan ri luchd-solair stuth Gàidhlig eile | Manaidsear Ionnsachadh Fad-beatha | 2008-2011 |
| | Obraich le taoitearan gus stòrasan fhollaiseachadh | Oifigearan Leabharlainn Sgìreil | 2008-2011 |
| A' togail mothachadh mu dhualchas na Gàidhealtachd | | | |
| A' Ghàidhlig a' nochdadh barrachd ann an ionadan dualchais | Leasachadh agus cur an gnìomh ro-innleachd, le cosgaisean, airson Gàidhlig ann an Taigh-tasgaidh na Gàidhealtachd is Taigh-tasgaidh agus Gailearaidh Ealain Inbhir Nis | PAECDO | Ro-innleachd deasaichte, Ògmhios 2008 An gnìomh, 2011 |
| | Brosnachadh agus taic do thaighean-tasgaidh neo-eisimeileach gu bhith a' leasachadh na Gàidhlig sna cruinnichidhean agus sa mhìneachadh aca, a' tighinn gu seo a bhith na phàirt de Aontan Ìre Seirbheis (AÌS) mar as iomchaidh ro dheireadh a' Phlana | | Gàidhlig ann an AÌS, 2011 |
| | Dualchas na Gàidhlig air a chur an cèill sna h-Ionadan Tasglainn Ùra | | 2010 |
| Barrachd mothachaidh mu eachdraidh na sgìre, tro phròiseactan eadar na ginealaich | Gach Co-òrdanaiche Cultarach ri co-dhiù aon phròiseact a bhuineas ri dualchas a chur air do sgoilearan gach bliadhna | PAECDO | Gach bliadhna bhon Ghiblean 2008 |
| | Pròiseact a' dèanamh feum den eòlas eachdraidheil a | | 2009-2010 |

| | | | |
|--|--|------------------|---|
| | tha aig daoine aosta le Gàidhlig | | |
| | Am Baile ri stuthan lèir-chlaisneach sa Ghàidhlig a mheudachadh Dileab 2007 sa Ghàidhlig air an làraich-lìn, Am Baile Barrachd phròiseactan sgoile Gàidhlig o Am Baile | Sgioba A' Bhaile | Meudachadh 20%, Dùbhlachd 2009 On Dùbhlachd 2008 Meudachadh 10%, on Lùnastal 2008 |

**PLANA GÀIDHLIG
COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD
2007-2011**

STRUCTAR TAICE

TAIC AIRSON LEASACHADH

Ro-ràdh

Cuiridh a' Chomhairle na àite, tro bhith a' stèidheachadh Comataidh Ghàidhlig agus Sgioba Leasachaidh Gàidhlig, structar làidir a bheir taic, gu poilitigeach agus gu gnìomhach, do na leasachaidhean a tha air am moladh sa Phlana.

San fharsaingeachd

Bidh Comhairle na Gàidhealtachd

- o am measg nam prìomh bhuidhnean a thaobh leasachadh na Gàidhlig
- o na deagh eisimpleir air leasachadh na Gàidhlig do ùghdarrasan ionadail
- o a' toirt deagh bhuaidh air buidhnean poblach eile a thaobh taic dhan Ghàidhlig.

Planadh

Dh'fhoillsich Comhairle na Gàidhealtachd Prògram an Rianachd san Iuchar 2007. Tha am program a' sireadh co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig is dhan Bheurla tro Phlana Gàidhlig a thèid ath-sgrùdadh gach bliadhna. Bidh Plana Corporra ùr Chomhairle na Gàidhealtachd stèidhte air Prògram an Rianachd. Thèid geallaidhean a' Phlana a lìbhrigeadh le Seirbheis Foghlaim, Cultar agus Spòrs, le taic bho Sheirbheisean na Comhairle uile.

Gu h-àraidh, ni a' Chomhairle na leanas

- o deasachadh Plana Gàidhlig a h-uile ceithir bliadhna
- o measadh leantainneach air a' Phlana Ghàidhlig agus sgrùdadh bliadhnail
- o sgrùdadh air na targaidean leasachaidh sa Phlana gach bliadhna, le sgrùdadh deireannach nuair a bhios beatha a' Phlana seachad.

Structar Taice

Cruthaichidh Comhairle na Gàidhealtachd structar taice poilitigeach is gnìomhach airson leasachadh na Gàidhlig. Nì i seo tro bhith

- o cleachdadh Comataidh na Gàidhlig gus taic phoilitigeach a thoirt dhan Ghàidhlig agus gus ceannas a bhith aice air leasachadh na Gàidhlig sa Chomhairle

- Stiùiriche Foghlaim, Cultair agus Spòrs a bhith a' gabhail uallach airson leasachadh na Gàidhlig thairis air a' Chomhairle san fharsaingeachd
- stèidheachadh sgioba Gàidhlig, fo stiùireadh Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig
- stèidheachadh Buidheann Ro-innleachd a' Phlana Gàidhlig, le riochdairean bho gach Seirbheis den Chomhairle
- toirt taic-airgid do bhuidhnean agus phròiseactan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, stèidhte air Aontan Ìre Seirbheis (ÀIS), a rèir poileasaidh na Comhairle.

Ag obair còmhla ri feadhainn eile

Obraichidh a' Chomhairle còmhla ri buidhnean eile tro bhith

- co-obrachadh còmhla ri, agus a' brosnachadh, bhuidhnean eile ann an coileanadh amasan a' Phlana seo, gu ìre gum faod seo a bhith na chùmhnannt air taic ionmhais agus air Aontan Ìre Seirbheis agus air ceadan dealbhachaidh ann an suidheachaidhean iomchaidh
- a' dèanamh cinnteach, tro chom-pàirteachas planaidh coimhearsnachd, gu bheil prìomhachas àrd aig a' Ghàidhlig
- dèanamh cheanglaichean ann an iomadh raon agus a' cruthachadh stòr-dàta de dhaoine le sgilean iomchaidh co-cheangailte ri leasachadh na Gàidhlig
- stèidheachadh fòram airson co-obrachadh eadar na h-ùghdarrasan ionadail
- stèidheachadh cheanglaichean ri coimhearsnachdan mhion-chànanach eile air feadh an t-saoghail, a' gabhail a-steach Biùro Eòrpach nam Mion-Chànan
- dèanamh cheanglaichean eadar na coimhearsnachdan Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus ann an Alba Nuadh tro chuirtean agus co-iomairtean
- brosnachadh riaghaltasan na h-Alba agus Westminster gu bhith a' coileanadh an dleastanas fon Chùmhnannt Eòrpach airson Mion-Chànain agus Cànan Sgìreil.

Tional fiosrachaidh

Airson gum bi a molaidhean airson leasachadh na Gàidhlig stèidhte air an fhiosrachadh agus a' chomhairle as fheàrr, stèidhichidh Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirt ri Bòrd na Gàidhlig, pròiseactan rannsachaidh air cuspairean mar

- na rudan tha a' cur bacadh air cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh is an teaghlach

- an dòigh as fheàrr air brosnachadh òigridh a thàinig tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig airson gun tog iad an teaghlaichean fhèin leis a' Ghàidhlig
- dòighean air daoine agus buidhnean a bhrosnachadh gus beachd bàigheil a bhith aca a thaobh na Gàidhlig
- na h-adhbharan a tha a' bacadh phàrantan o bhith a' cur an cloinne gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na rudan a ghabhadh dèanamh gu seo a leasachadh
- measadh sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thaobh an comas conaltraidh sa Ghàidhlig, agus mar a ghabhas piseach a thoirt air sin.

Leasaichear an dà phròiseact mu dheireadh an co-cheangal ri prìomhachasan rannsachaidh Bhòrd na Gàidhlig, mar a tha iad a' nochdadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, earrann 3. Mar phàirt dhen obair seo, broснаichidh a' Chomhairle Bòrd na Gàidhlig gus artaigilean agus pàipearan a chomiseanadh a nì daoine mothachail air buannachdan dà-chànanaise, èifeachdas teagasg bogaidh agus cho feumail is a tha ionnsachadh na Gàidhlig aig aois òig airson clann ullachadh gus cànanan eile a thogail às dèidh sin.

Buidseatan

Gabhaidh mòran de na h-iomairtean sa Phlana a chur air adhart tro bhuidseatan sheirbheisean no tro atharrachadh sna buidseatan a tha ann mu thràth. Ach tha cuid dhiubh an crochadh air maoinachadh a bharrachd. Bithear a' co-luadar ri Bòrd na Gàidhlig mun seo. Fillidh a' Chomhairle a-steach cosgaisean a bharrachd dha na buidseatan coitcheann aice mar as iomchaidh, an taobh a-staigh den stòras aice agus de bheatha a' Phlana.

Poileasaidhean agus Stiùiridhean Chomhairle na Gàidhealtachd

Tha am Plana Gàidhlig a' nochdadh dùrachd Chomhairle na Gàidhealtachd a bhith a' toirt co-ionannachd chothroman dhan a h-uile duine agus a bhith cur an aghaidh leth-bhreith, co-dhiù a bha e a dh'aon ghnòthach no nach robh. Tha poileasaidhean na Chomhairle ag ràdh gun obraich i gus a bhith cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig muinntir na Gàidhealtachd air obair agus seirbheisean a dh'aindeoin cinneadh, gnè, ciorram, aois, roghainn-feise no creideamh. Tha na h-iallan co-ionannachd seo a' gabhail a h-uile duine a-steach agus ag aithneachadh gu bheil iomadh seòrsa feumalachd fa leth nar coimhearsnachdan.

Gabhaidh am Plana Gàidhlig àite nam poileasaidhean a bha aig a' Chomhairle gu seo mun Ghàidhlig, leithid Plana Cànan is Cultair na Gàidhlig 2005 agus na Ro-innleachdan Gàidhlig aig a' Chomhairle airson Foghlam, Cultar agus Spòrs, Foghlam Tràth is Cùram-chloinne agus Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd. Tha seo cuideachd fìor mun stiùireadh mhionaideach a bha ann roimhe air leithid soidhnichean dà-chànanaich, foirmean agus aithisgean.

SGRÙDADH CUR-AN-GNÌOMH A' PHLANA

Bidh e an urra ri Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig measadh leantainneach a chur air dòigh air na pròiseactan sa Phlana, sgrùdadh sònraichte a dhèanamh aig deireadh gach bliadhna agus aithisg dheireannach a dhèanamh aig deireadh ceithir bliadhna a' Phlana air am bi dara Plana Cànain na Comhairle stèidhte.

Gus seo a dhèanamh, iarraidh am Manaidsear aithisgean ràitheil air na h-oifigearan a tha an urra ri gach pròiseact. Airson goireasachd, leanaidh seo an clàr-ama a tha ann mu thràth airson pròiseactan Tabhartasan Sònraichte an Riaghaltais. Beachdaichidh Buidheann Ro-innleachd a' Phlana Ghàidhlig air na h-aithisgean seo. Bheir buill na buidhne sin am fiosrachadh iomchaidh air ais gu na roinnean aca fhèin dhen t-Seirbheis. Cuiridh Seirbheis Foghlaim, Cultar is Spòrs na h-aithisgean cuideachd chun an Àrd-cheannard mar phàirt de shiostam Clàraidh Adhartais Stiùiridh Ràitheil na Comhairle.

Foillsichidh am Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig aithisg mhionaideach gach bliadhna le sgrùdadh air cur-an-gnìomh a' Phlana stèidhte air na h-aithisgean ràitheil. Thèid an aithisg a chur gu Comataidh Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus thèid an aithisg agus beachdan sam bith bhon Chomataidh gu Bòrd na Gàidhlig airson fiosrachadh.

Nuair a bhios ceithir bliadhna a' Phlana a' teannadh gu deireadh, nì a' Chomhairle measadh dheireannach air cur-an-gnìomh a' Phlana Ghàidhlig. Cuirear seo gu Bòrd na Gàidhlig, mar a tha air iarraidh fo Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, agus sgaoilear leth-bhreacan gu farsaing. Bidh an aithisg seo na stèidh airson an ath cheum de phlanadh leasachadh na Gàidhlig ann an Comhairle na Gàidhealtachd.

NEACH-IONAID NA COMHAIRLE

'S e am Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig an Neach-ionaid airson Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

| BEAG-FHACLAIR AGUS GIORRACHAIDHEAN | | |
|--|------------------|---|
| <i>Ainm</i> | <i>Giorrach.</i> | <i>Notaichean</i> |
| Ainmean Àite na h-Alba | AÀA | Com-pàirteachas comhairleachaidh air ainmean-àite Gàidhlig air feadh Alba |
| Àireamh bun-loidhne | | Loidhne suidhichte aig toiseach pròiseact a chleachdar gus adhartas a thomhas |
| Am Baile | | Làrach-lìn eachdraidheil |
| An Comunn Gàidhealach | | Buidheann-taic nam mòdan |
| Aonta Ìre Seirbheis | AÌS | Cùmhnant eadar a' Chomhairle agus buidhnean ag innse dè an t-seirbheis ris a bheil dùil airson taic airgid àraidh |
| Biùro Eòrpach nam Mion-chànan | EBLUL | Buidheann neo-eisimeileach a' brosnachadh mhion-chànanan tarsainn na Roinn Eòrpa |
| Blas | | Fèis ealain Cheilteach |
| Bòrd na Gàidhlig | BnG | Buidheann Ghàidhlig stèidhte fo Achd 2005 |
| Care and Learning Alliance | CALA | Foram taic com-pàirteachais |
| Comann nam Pàrant (CnP) | CnP | Buidheann nàiseanta le meuran ionadail, a' riochdachadh phàrant le clann ann am FTMG |
| Comhairle nan Sgoiltean-àraidh | CNSA | Buidheann shaor-thoileach le ùidh ann an taic teaghlaich agus foghlam ro-sgoile Ghàidhlig |
| Comunn na Gàidhlig | CNAG | Buidheann leasachaidh Gàidhlig nàiseanta |
| Co-òrdanaiche Sgoiltean Gnìomhach | | Leasachadh spòrs am measg na h-òigridh |
| Cùmhnant Eòrpach airson Mion-Chànain agus Cànan Sgìreil | | Reachdas na Comhairle Eòrpaich do mhion-chànanan a shoidhnig Riaghaltas Bhreatainn |
| Fèisean nan Gàidheal | FNG | Buidheann-taic nam fèisean |
| Foghlam, Cultar agus Spòrs | ECS | |
| Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig | FTMG | |
| 'Gaelic is all around' | | Aonad air bhidio ag amas air eòlas a thoirt do sgoilearan bun-sgoile air a' Ghàidhlig |
| Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa bhun-sgoil | GLPS | Prògram nàiseanta a' toirt taic do theagasg na Gàidhlig aig ceann shuas na bun-sgoile |
| Homecoming 2009 | | Bliadhna chomharraichte ag amas air luchd-imrich agus an sliochd a thàladh a dh'Alba |
| Ionnsachadh agus Cur-seachadan Coimhearsnachd | CLL | |
| Learning and Teaching Scotland | LTS | Buidheann nàiseanta a' toirt taic do ionnsachadh agus teagasg |
| Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig | MLG | |
| Oifigear Foghlaim | OF | |
| Oifigear Foghlaim Tràth Gàidhlig | OFTG | |
| Oifigear Leasachaidh Gàidhlig | OLG | |
| Out of Eden | | Seirbheis ag obair a-mach à Eden Court |
| Prìomh Oifigear Foghlam Ealain agus Leasachaidh Cultarach | PAECDO | Raon: ealain ann am foghlam, na h-ealain, dualchas agus Gàidhlig sa choimhearsnachd |
| Prìomh Oifigear Leasachaidh Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd | PCLDO | An urra ri foghlam neo-fhoirmeil òigridh agus inbheach agus ri neartachadh choimhearsnachdan |
| Roinn Leasachadh Luchd-obrach | | An urra ri trèanadh luchd-obrach |
| Stòrlann | | Buidheann nàiseanta stuth-teagaisg Ghàidhlig |